 Is t'fhireantachd d'a mhac. [frigh,
2 Bheir esan ceart bhreith air do 2 With right he shall thy people
 shluagh,
 'S do d' bhochdaibh còir 'nan airc,

12 Be thou not far from me, my God:
 Thy speedy help I crave.
13 Confound, consume them, that unto
 My soul are enemies:
 Cloth'd be they with reproach and
 shame
 That do my hurt devise.
14 But I with expectation
 Will hope continually;
 And yet with praises more and more
 I will thee magnify.
15 Thy justice and salvation
 My mouth abroad shall show,
 Ev'n all the day; for I thereof
 The numbers do not know.
16 And I will constantly go on
 In strength of God the Lord;
 And thine own righteousness, ev'n
 Alone, I will record. [thine
17 For even from my youth, O God,
 By thee I have been taught;
 And hitherto I have declar'd
 The wonders thou hast wrought.
18 And now, Lord, leave me not, when
 Old and grey-headed grow: [I
 Till to this age thy strength and
 To all to come I show. [pow'r
19 And thy most perfect righteousness,
 O Lord, is very high,
 Who hast so great things done: O
 Who is like unto thee? [God,
20 Thou, Lord, who great adversities,
 And sore, to me didst show,
 Shalt quicken, and bring me again
 From depths of earth below.
21 My greatness and my pow'r thou
 Increase, and far extend: [wilt
 On ev'ry side against all grief
 Thou wilt me comfort send.
22 Thee, ev'n thy truth, I'll also
 My God, with psaltery: [praise,
 Thou Holy One of Israel,
 With harp I'll sing to thee.
23 My lips shall much rejoice in thee,
 When I thy praises sound:
 My soul, which thou redeemeed hast,
 In joy shall much abound.
24 My tongue thy justice shall pro-
 Continuing all day long; [claim,
 For they confounded are, and
 sham'd,
 That seek to do me wrong.
PSALM LXXII.—72.

1 O LORD, thy judgments give the
 His son thy righteousness. [king,
2 With right he shall thy people
 judge,
 Thy poor with uprightness.

- 3 Na sleibhteán àrda bheir a mach
Siochaint do'n t-sluagh gu paitl ;
Is bheir na tulaich bheaga sith
Le fireantachd gun airc.
- 4 Air daoinibh bochd a' phobuill fös,
Bheir esan breth gu ceart ;
Is clann nan ainnis saoraidh e,
Min-bhrisidh luchd ain-neirt.
- 5 Am feadh bhios grian is gealach ann,
Freasdal do'n là 's do'n oidhch',
Bidh t'eagal orra-san gu mòr,
O linn gu linn a chaoihs.
- 6 Mar uisge air an fhaiche bhuaingt',
Is amhluidh thig e nuas :
Mar fharsaibh dh'uiscgieas am fonn,
Is ionnan sin a ghràs.
- 7 R'a linn-san bidh na fireanaich
Gu h-ùr a' fàs le blàth :
'S am feadh a bhios a' ghealach ann,
Bidb siocainment paitl a ghnàth.
- 8 Bidh uachdruanachd aig mar an
ceudn'
O thuinn gu tuinn gu sior,
Is ruigidh sud o'n amhainn mhòir,
Gu iomall crich gach tir'.
- 9 Luchd-còmhnuidh fös an fhàsaich
chruidh
Sleuchdaidh iad sios 'na làth'r ;
A naimhdean imlichidh an uir,
A' tabhairt ûmhachd dha.
- 10 Righ Tharsis, is nan eileanan,
Tioblacan bheir iad uath',
Bheir righrean Sheba, Seba fös,
Tabhartais dha gu luath.
- .1 Seadh, fös 'na fhianuis sleuchdaidh
Gach righ air thalamh ta : [sios
'S gach ginealach air feadh gach tir,
Dha seirbhis ni a ghnàth.
- 12 An t-ainnis bochd gun chuideach.
Saoraidh tràth dh'eigheasris. [adh,
13 'S ni acarachd ri truaghan bochd,
Is dionar 'anam leis.
- 14 'Se theasaigearas an anam fös
O shoill 's o fhòirneart gheur :
Is fös 'na shùilibh-san gun cheisd,
'S priseil am fuli gu léir.
- 15 Bithidh e beò gu maireannach,
Or Sheba bheirear dha :
Gnàth-urnuigh nithear air a shon,
Is molar e gach là.
- 16 San thalamh cuirear dorlach sil,
Air bhàrr nan sliabh 's nam beann;
Is bidh a thoradh trom air chrith,
Mar Lebanon nan craun.
- An dream a ta sa' chaithir mhòir,
Bidh toradh orr' is blàth
Gu lionmhòr, mar is dual do'n
Air thalamh fàs a ta. [fheur

- 3 The lofty mountains shall bring forth
Unto the people peace ;
Likewise the little hills the same
Shall do by righteousness.
- 4 The people's poor ones he shall judge,
The needy's children save ;
And those shall he in pieces break
Who them oppressed have.
- 5 They shall thee fear, while sun and
Do last, through ages all. [moon
- 6 Like rain on mown grass he shall
drop,
Or show'rs on earth that fall.
- 7 The just shall flourish in his days,
And prosper in his reign : [dure,
He shall, while doth the moon en-
Abundant peace maintain.
- 8 His large and great dominion shall
From sea to sea extend :
It from the river shall reach forth
Unto earth's utmost end.
- 9 They in the wilderness that dwell
Bow down before him must ;
And they that are his enemies
Shall lick the very dust.
- 10 The kings of Tarshish, and the
isles,
To him shall presents bring ;
And unto him shall offer gifts
Sheba's and Seba's king.
- 11 Yea, all the mighty kings on earth
Before him down shall fall ;
And all the nations of the world
Do service to him shall.
- 12 For he the needy shall preserve,
When he to him doth call ;
The poor also, and him that hath
No help of man at all.
- 13 The poor man and the indigent
In mercy he shall spare ;
He shall preserve alive the souls
Of those that needy are.
- 14 Both from deceit and violence
Their soul he shall set free ;
And in his sight right precious
And dear their blood shall be.
- 15 Yea, he shall live, and giv'n to him
Shall be of Sheba's gold :
For him still shall they pray, and he
Shall daily be extoll'd.
- 16 Of corn an handful in the earth
On tops of mountains high,
With prosp'rous fruit shall shake
On Lebanon that be. [like trees
The city shall be flourishing,
Her citizens abound
In number shall, like to the grass
That grows upon the ground.

SALM LXXXIII.

- 17 Bidh 'ainm-san buan gu suthain
sior,
Co-mhaireann ris a' ghréin ;
Is annu-san beannaichear gach slógh ;
Is beannaichear leo e féin.
- 18 Beannaicht' gu robh an Tighearn
Dia Israeil a ghnáth, [Dia,
An ti a mháin ni m'lorbhuite
Le treis is neart a láimh.
- 19 Beannaicht' gu robh gu siorrhuidh
Ainm glórmhor uasal féin ; [buan
Lionadh a ghlór gach uile thir,
Amen, agus Amen !
- SALM LXXXIII.—73.
- i GU firinneach tha Dia ro-mhaith
Do 'phobull Israeil, [glan,
Do'n dream 'g am bheil an cridhe
Tha Dia dhoibh maith d'a réir.
- 2 Ach air mo shon-sa, 's beag nach
Mo chosa uam gu grad : [d'aom
Cha mhór nach d'rinn mo cheuma
fós
Steamhnachadh uam air fad.
- 3 Ri amadanaibh ghabh mi tnù,
Ri faicinn soirbheis daoí.
- 4 Oir cuibhrichean cha'n 'eil 'nam
Neart làidir 's leo gun dith. [bás ;
- 5 Mar dhaoinibh eile cha'n 'eil iad
Fo thrioblaid no fo león :
'S cha'n 'eil iad air an sàruchadh
Mar chàch le piantaibh mòr.
- 6 Ardan mar shlabhraidh, uime sin,
'G an cuairteachadh a ta : [adh
Am fòirneart féin 'g an còmhdaich
Mar eudach thart' a ghnáth.
- 7 An sùile sultmhor tha le saill :
An tòic chaidh thar am miann.
- 8 Is truaillidh iad, 's air fòirneart geur
Labhraidh gu h-aingidh, dian.
- 9 An aghaidh fós nan nèamh 's nan
speur,
Am beul do thog iad suas ;
Air feadh na talmhainn is na tir'
An teangadh-san do għluais.
- 10 Fa'n aobhar ud gu ruige so,
A shluagh-san pillidh iad ;
Is faisgear dhoibh do'n uisge mach,
Làn cupain a's leòr meud.
- 11 Is their iad, Cia mar 's léir do
Dhia ?
'M bheil tuigs' san Ti a's aird' ?
- 12 Feuch, sud na daoí, tha soirbheach-
A' fás 'nan stòir gach là. [adh,
- 13 Mo chridh' gu dearbh ghlan mi
gun stà,
'S an neo-chiont' nigh mo làmh ;
- 14 Oir buailt' is smachduichte ta mi
Gach maduinn, 's feadh gach là.

PSALM LXXIII.

75

- 17 His name for ever shall endure ;
Last like the sun it shall :
Men shall be bless'd in him, and
bless'd
All nations shall him call.
- 18 Now blessed be the Lord our God,
The God of Israel,
For he alone doth wondrous works,
In glory that excel.
- 19 And blessed be his glorious name
To all eternity :
The whole earth let his glory fill.
Amen, so let it be.
- PSALM LXXIII.—73.
- 1 YET God is good to Israel,
To each pure-hearted one.
- 2 But as for me, my steps near slipp'd,
My feet were almost gone.
- 3 For I envious was, and grudg'd
The foolish folk to see,
When I perceiv'd the wicked sort
Enjoy prosperity.
- 4 For still their strength continueth
firm ;
Their death of bands is free.
- 5 They are not toil'd like other men,
Nor plagu'd, as others be.
- 6 Therefore their pride, like to a chain,
Them compasseth about ;
And, as a garment, violence
Doth cover them throughout.
- 7 Their eyes stand out with fat ; they
have
More than their hearts could wish.
- 8 They are corrupt ; their talk of
Both lewd and lofty is. [wrong
- 9 They set their mouth against the
heav'ns
In their blasphemous talk ;
And their reproaching tongue
throughout
The earth at large doth walk.
- 10 His people oftentimes for this
Look back, and turn about ;
Sith waters of so full a cup
To these are poured out.
- 11 And thus they say, How can it be
That God these things doth know ?
Or, Can there in the Highest be
Knowledge of things below ?
- 12 Behold, these are the wicked ones,
Yet prosper at their will
In worldly things ; they do increase
In wealth and riches still.
- 13 I verily have done in vain
My heart to purify ;
To no effect in innocence
Washed my hands have I.

15 Nan abrainn, Labhraidh mi mar so,
Feuch, pheacaichinn gu beachd,
An aghaidh sliochd is ginealaich
Na cloinne 's ionmbuinn leat.
16 Tráth smuainich mi gu'n tuiginn so,
Bu chruaidh-cheisd orm an
gniomh.
17 Ach chaidh mi steach do naomh-
thigh Dhé,
Is thuig mi 'n sin an crioch.
18 Gu deimhlin chuir thu iad air fad
An áitibh sleamhuinn lom :
Is thilg thu iad a sios 'g an sgrios
Le dioghaltas gu trom.
19 Feuch eionnus tháinig orra claoiadh,
Am mionaid bhig na h-uair' ?
Oir tha iad air an sgrios gu tur
Le oillt is eagal mór.
20 Mar aisling 'nuair a dhùisgeas
neach,
Mar sin, a Dhia nan sluagh,
Ni thusa dimeas air an dealbh,
Air mosgladh dhuit á suain.
21 Mar so bha air mo chridhe cràdh,
'S am ainribh goimh ro-gheur.
22 Oir bha mi baoth is aineolach :
Mar bhrúid a'd láth'r, a Dhé.
23 Gidheadh, tha mise maille riut,
O Thighearna, a ghnáth :
Is air mo dheas làimh glac thu mi,
Ga m' chumail suas gach là.
24 Do nithear leat mo stiùradh fós
Le d' chomhairle a'm' sheum,
Is gabhaidh tu mi steach fadheoidh
A'd' áros ghildrmhor féin.
25 Cò th'agam anns na nèamhaibh
shuas
Ach thusa, Dhia nan dùl ?
Is cha 'n 'eil neach air thalamh fós
Ach thus' am bheil mo dhùil.
26 Mo chridh' is m' sheoil faraon a ta
Air fàilneachadh gun cheisd :
Gidheadh 'se neart mo chridhe Dia,
'S mo chuibrionn bhuan am
feasd.
27 Oir feuch iad sin tha fada uait,
Léir-sgriosar iad gu luath :
Oir chlaoidheadh leat gach uile
neach
Air stri opachas chaidh uait.
28 Ach dhomhsa 's maith teachd dlùth
do Dhia ;
Dh'eaibh mi a Dia mo neart,
A chum gu foillsichinn gu sior
Gach gniomh a rinneadh leat.

SALM LXXIV.—74.

1 C'ARSON a thilg thu sinne uait ?
An ann gu bràth, a Dhé ?

14 For daily, and all day throughout,
Great plagues I suffer'd have ;
Yea, every morning I of new
Did chastisement receive.
15 If in this manner foolishly
To speak I would intend,
Thy children's generation,
Behold, I should offend.
16 When I this thought to know, it
was
Too hard a thing for me ;
17 Till to God's sanctu'ry I went,
Then I their end did see.
18 Assuredly thou didst them set
A slipp'ry place upon ;
Them suddenly thou castedst down
Into destruction.
19 How in a moment suddenly
To ruin brought are they !
With fearful terrors utterly
They are consum'd away.
20 Ev'n like unto a dream, when one
From sleeping doth arise ;
So thou, O Lord, when thou awak'st,
Their image shalt despise.
21 Thus grieved was my heart in me,
And me my reins opprest :
22 So rude was I, and ignorant,
And in thy sight a beast.
23 Nevertheless continually,
O Lord, I am with thee :
Thou dost me hold, by my right
And still upholdest me. [haud,
24 Thou, with thy counsel, while I
live,
Wilt me conduct and guide ;
And to thy glory afterward
Receive me to abide.
25 Whom have I in the heavens high
But thee, O Lord, alone ?
And in the earth whom I desire
Besides thee there is none.
26 My flesh and heart doth faint and
fail,
But God doth fail me never :
For of my heart God is the strength
And portion for ever.
27 For lo, they that are far from thee
For ever perish shall ;
Them that a whoring from thee go
Thou hast destroyed all.
28 But surely it is good for me
That I draw near to God :
In God I trust, that all thy works
I may declare abroad.

PSALM LXXIV.—74.

1 O GOD, why hast thou cast us off ?
Is it for evermore ?

- C'arson ri caoraich t'ionaltraidh,
A las do chorruich gheur ?
- 2 Cuimhnich, a Dhé, do choimhthionail
A cheanuinch thu o chéin ;
Slat t'oighreachd fös a shaoradh leat,
Sion do chòmhnuidh féin.
- 3 A chum nam fasach slorruidh buan,
Do chose tog gu grad ;
Is chum gach ole a rinn do nàmh
A'd' theampull naomh air fad.
- 4 Do naimhde rinn iad beucadh borb
Measg coimhthionail do shluaign :
Is chuir iad suas am brataichean
Mar chomhar air am buaidh.
- 5 Bu chliuiteach neach mar dheantadh leis
A thuagh a thogail suas,
Air crannaibh àrda dosrach tiugh,
A chum an leagadh nuas.
- 6 Ach nis an obair shnaidhite ghrinn,
Le h-ordaibh 's tuaghaibh bhris ;
- 7 Is chuir iad suas 'na lasair dheirg
Do theampull naomh 'g a sgrios :
Tigh còmhnuidh naomha t'ainm-se,
Feuch, thruaill iad e le tair, [Dhé],
'G a mhilleadh is 'g a leagadh sios
Co iosal ris an lär.
- 8 'Nan cridhe labhair iad mar so,
Sgriosamaid iad le chéil' :
Gach siuagog th'aig Dia san tir,
Loisgeadh iad leo gu léir.
- 9 Ar comhara cha'n fhaicear leinn ;
Fàidh cha'n 'eil idir ann,
Ni mò tha neach 'nar mecasg cho
D'an léir cia fad an t-àm. [geur]
- 10 Cia shad a bheir, O Dhé nan dùl,
Na naimhde toibheum uath' ?
An toir an nàmhaid beum am feasd
Do t'ainm-sa, Dhia nan sluagh ?
- 11 C'arson a phillear leat do làmh,
Do dheas làmh air a h-ais ?
O buin a mach o d' bhrollach i,
Chum fuasgladh oirnn gu cas.
- 12 Oir Dia na glòir' tha neartmhòr
O chian is e mo Righ, [àrd,
Am builgein talmhainn le mòr-neart,
Ag oibreach'slaint' is sith'.
- 13 An fhairge sgaoileadh leat le d'
neart,
Is cinn ro-làidir chruaidh
Nan dràgon bhriseadh leat san uisg',
A' tabhaint orra buaidh.
- 14 Cinn Lebhíatain àghoir mhóir,
'S tu féin a bhris is phronn ;
Is thug thu e mar bhiadh do'n t-
A bha san fhàsach lom. [sluagh,

- Against thy pasture-sheep why doth
Thine anger smoke so sore ?
- 2 O call to thy remembrance
Thy congregation,
Which thou hast purchased of old ;
Still think the same upon :
- The rod of thine inheritance,
Which thou redeemed hast,
This Sion hill, wherein thou hadst
Thy dwelling in times past.
- 3 To these long desolations
Thy feet lift, do not tarry ;
For all the ills thy foes have done
Within thy sanctuary.
- 4 Amidst thy congregations
Thine enemies do roar :
Their ensigns they set up for signs
Of triumph thee before.
- 5 A man was famous, and was had
In estimation,
According as he lifted up
His axe thick trees upon.
- 6 But all at once with axes now
And hammers they go to,
And down the carved work thereof
They break, and quite undo.
- 7 They fired have thy sanctu'ry,
And have defil'd the same,
By casting down unto the ground
The place where dwelt thy name.
- 8 Thus said they in their hearts,
Let us
Destroy them out of hand :
They burnt up all the synagogues
Of God within the land.
- 9 Our signs we do not now behold ;
There is not us among
A prophet more, nor any one
That knows the time, how long.
- 10 How long, Lord, shall the enemy
Thus in reproach exclaim ?
And shall the adversary thus
Always blaspheme thy name ?
- 11 Thy hand, ev'n thy right hand of
might,
Why dost thou thus draw back ?
O from thy bosom pluck it out
For our deliv'rance's sake.
- 12 For certainly God is my King,
Ev'n from the times of old,
Working in midst of all the earth
Salvation manifold.
- 13 The sea, by thy great pow'r, to part
Asunder thou didst make ;
And thou the dragons' heads, O Lord,
Within the waters brake.
- 14 The leviathan's head thou brak'st
In pieces, and didst give

- 15 'S tu sgoilt an tobar is an tuil:
 'S tu thiormaich aimhne mòr'.
 16 'S tu dheasaich solus agus grian,
 Is leat an oidhch', 's an lò.
 17 Criocha na talmhaiun shocruich
 thu:
 Rinn thu an samhradh teth,
 'S an geomhradh fòs do rinneadh
 leat,
 'Nan aiinsiribh fa leth.
 18 Gu'u d' thug na naimhde toibheum
 uath'
 Cuir sud air chuimhne, Dhé,
 'S gu'n d' thug am pobull amaid-
 each
 Do t'ainm ro uasal beum.
 19 Anam do cholmain na toir suas
 Do chuideachd mhòdir nan daoï:
 Is coimhthionail do dheòraidh
 bochd
 Na dearmaid iad a chaoidh.
 20 Do chumhnant thoir fa'near, a
 Dhé;
 Oir àitean dorch' na tir',
 Tha uile air an àiteachadh
 Le luchd an fhòirneirt ghéir;
 21 Na pillear air an ais le nàir'
 Na dh'fhuiling fòirneart goirt:
 An dream ta ainnis aum-beartach,
 Deanadh iad moladh ort.
 22 Tog ort is éirich suas, a Dhé;
 Tagair do chùis gu treun:
 Cuimhuich mar tha an t-amadan
 Gach là toirt dhuitse beum'. [sin
 23 Na dearmaid guth na muinntir
 'Nan naimhdeibh dhuit a ta : [riut,
 Tha bruidheann dhaoin' a dh'éirich
 Sior-dhol am meud a ghuàth.

SALM LXXV.—75.

- 1 DHUIT bheir sinn buidheachas, a
 Dhuit buidheachas a ghnàth:[Dhé,
 Oir foillsichidh do mhiorbhuiile,
 Gur fagus t' ainm gach là.
 2 Tràth gheibh mi is a ghlacar leam
 Coimhthionail mòr na tir',
 Do ni mi dhoibh death bhreitheanas,
 Gu cothromach 's gu fior.
 3 Sgaoileadh an dùthaich, is an sluagh
 'Ga h-àiteachadh a ta :
 Ach mise cumaigh suas gu treun
 Posta na tir' a ghnàth.
 4 Thubhairt mi ris gach amadan,
 Na gluais gu h-amaideach :
 'S ri luchd an uile, Na togaibh suas
 Bhur n-adharc árdanach.
 5 Bhur n-adharc fòs na togaibh suas:
 Ri cainnt le muineal cruaidh,

- Him to be meat unto the folk
 In wilderness that live.
 15 Thou clav'st the fountain and the
 flood,
 Which did with streams abound :
 Thou dry'dst the mighty waters up
 Unto the very ground.
 16 Thine only is the day, O Lord,
 Thine also is the night :
 And thou alone prepared hast
 The sun and shining light.
 17 By thee the borders of the earth
 Were settled ev'ry where :
 The summer and the winter both
 By thee created were.
 18 That th' enemy reproached hath,
 O keep it in record ;
 And that the foolish people have
 Blasphem'd thy name O Lord.
 19 Unto the multitude do not
 Thy turtle's soul deliver :
 The congregation of thy poor
 Do not forget for ever.
 20 Unto thy cov'nant have respect ;
 For earth's dark places be
 Full of the habitations
 Of horrid cruelty.
 21 O let not those that be oppress'd
 Return again with shame :
 Let those that poor and needy are
 Give praise unto thy name.
 22 Do thou, O God, arise and plead
 The cause that is thine own :
 Remember how thou art reproach'd
 Still by the foolish one.
 23 Do not forget the voice of those
 That are thine enemies :
 Of those the tumult ever grows
 That do against thee rise.

PSALM LXXV.—75.

- 1 To thee, O God, do we give thanks,
 We do give thanks to thee ;
 Because thy wondrous works de-
 clare
 Thy great name near to be.
 2 I purpose, when I shall receive
 The congregation,
 That I shall judgment uprightly
 Render to ev'ry one.
 3 Dissolved is the land, with all
 That in the same do dwell ;
 But I toe pillars thereof do
 Bear up and stablish well.
 4 I to the foolish people said,
 Do not deal foolishly ;
 And unto those that wicked
 are,
 Lift not your horn on high.

PSALM LXXVI.

79

- 6 Cha'n ann o'n ear, no 'n iar, no
Thig urram mòr no buaidh. [deas,
7 Ach 's breitheamh Dia : a leagas
'S a thogas aon fa seach. [aon,
8 Oir cup an làimh an Tighearn ta
Do 'n fhion a's deirge dreach:
Làn coimeisg tha e, dòirtidh Dia
Cuid as a mach gu grad :
A dheasgain fäisgigh daoine daoí,
Is òlaidh iad air fad.
9 Ach cuiridh mise fös an céill
Gu suthain is gu sior,
Do Dhia ud Iacob canar leam
Ard-mholadh binn gu flor.
10 Uil' adharca nan daoine daoí,
Sgàthaidh mi sios 's gach àit ;
Ach adharca nan saoi air fad
Togar gu grad an àird.

PSALM LXXVI.—76.

- 1 AN Iudah aithnichear ar Dia :
'S mor 'ainm an Isra'l naomh.
2 An Salem tha a phàllion fös,
A thàmh an Sion caomh.
3 Saighdean a' bhogha bhris e 'n sin,
An sgìath 's an clai-cheamh geur,
An còinhrag is an eath faraon,
Bhriseadh iad leis gu treun.
4 Is mó do mhòralachd, a Dhé,
Is mó gu mòr do ghlòir
Na beannta thog an ciùn gu h-àrd,
Le cobhartach ro-mhor.
5 Làu-chreachadh luchd a' chridhe
Is choidil iad le suain; [chailm,
Na fir a bha 'nan cùraidh mlior',
An làmha fös cha d'huaire.
6 O thus' a's Dia do Iacob ann,
Le d' achmhasan 's le d' neart,
An carbad-cogaidh is au t-each
'Nan suain do chuireadh leat.
7 'S chis eagail thu, thu féin, a Dhé :
Cia neach a chogas riut ?
No anu ad shealladh sheasas suas
An uair bhios corruiich ort ?
8 Thug thusa air do bhreitheanas
O nèamh gu'n cualas e :
Bha air an talamh eagal mòr
'S na thàmh ghrad dh' fhuirich e.
9 Tràth dh'éirich Dia chuin breith
A theasairginn san àm, [eanais,
Gach uile dhuine ciùin is sèimh,
Air talamh a bha ann.
10 Bheir fearg is corruiich dhaoiu' an
sin
Ard-mholadh dhuit gu beachd ;
Is fuigheall fös na feirge mòr',
Làn choisgidh tu le d' neart.
11 Geallaibh 'ur bòid gu togarach
D'ur Dia Iehobhah àrd ;

PSALM LXXVI.

- 5 Lift not your horn on high, nor
speak
6 With stubborn neck. But know
That not from east, nor west, nor
Promotion doth flow. [south,
7 But God is judge ; he puts down one,
And sets another up.
8 For in the hand of God most high
Of red wine is a cup :
'Tis full of mixture, he pours
forth,
And makes the wicked all
Wring out the bitter dregs thereof;
Yea, and they drink them shall.
9 But I for ever will declare,
I Jacob's God will praise.
10 All horns of lewd men I'll cut off ;
But just men's horns will raise.

PSALM LXXVI.—76.

- 1 IN Judah's land God is well
known,
His name's in Isr'el great :
2 In Salem is his tabernacle,
In Sion is his seat.
There arrows of the bow he brake,
The shield, the sword, the war.
4 More glorious thou than hills of
More excellent art far. [prey,
5 Those that were stout of heart are
spoil'd,
They slept their sleep outright ;
And none of those their hands did
find,
That were the men of night.
6 When thy rebuke, O Jacob's
God,
Had forth against them past,
Their horses and their chariots
Were in a dead sleep cast. [both
7 Thou, Lord, ev'n thou art he that
should
Be fear'd : and who is he
That may stand up before thy sight,
If once thou angry be.
8 From heav'n thou judgment caus'd
be heard ;
The earth was still with fear,
9 When God to judgment rose, to save
All meek on earth that were.
10 Surely the very wrath of man
Unto thy praise redounds :
Thou to the remnant of his
wrath
Wilt set restraining bounds.
11 Vow to the Lord your God, and
All ye that near him be, [pay :
Bring gifts and presents unto him ;
For to be fear'd is he.

Is coimblionaibh gu firinneach
Na gheallar leibhse dha;
Gach neach a ta m'a thimchioll-san
Thugadb iad dha 'na àm,
Deadh-thabhartais is tiodhlaca,
Do'n Ti 's cuis eagail ann.

12 Is e ni spiorad phriounsan mòr
A sgathadh sios le neart;
Do righribh fos a' chruinne-ché
'S cuis eagail e gu beachd.

PSALM LXXVII.—77.

1 DH'EIGH mi ri Dia gu h-àrd le
m' ghuth,

Dh'éigh mi le m' ghuth gn h-àrd;
Is thug e, 'nuair a ghlaodh mi ris,
Sàr-éisdeachd dhomh gun dàil.

2 An là mo thrioblaid dh'iarr mi Dia:
Is shruth mo leòn gun sgur,
Rè sad na h-oidhech': is m'anam
Sòlas do dhiùlt gu tur. [truagh]

3 Air Dia ghrad-chuimhnich mi an
Is mi an trioblaid ghéir: [sin.
Ris rinn mi gearan trom gun tàmh,
Chlaoidheadh mo spiorad féin.

4 Chum thu mo shùl 'na faireachadh:
Tha mi co iarganach,
Nach feud mi focal cainnt no sgéil
Labhairt le m' bheul a mach.

5 An sin air làithibh fad o chéin
Smuainich mi féin le beachd;
Air bliadhnaibh fòs na h-aimsir céin
Am aire féin bha teachd. [oidhech']

6 Seadh chnimhnich mi mo cheòl san
'S rinn cainnt ri m' chridhe féin,
Is rinn mo spiorad fòs gun tàmh,
Le dichioll, sgrudadh geur.

7 An tilg an Tighearn uaith gu bràth?
Nach nochd e 'ghràdh ni's mò?

8 'N do sguir gu tur a ghràs am feasd?
'S a ghealladh fad gach lò?

9 'N do dhearmaid Dia gu firinneach
Bhi gràsmhor caoin gu bràth?
'N do dhruid e suas 'na chorruich
mhòir

A thròcair chaomh 's a ghràdh?

10 An sin ghrad thubhairt mi gu
dearbh

Is i so m'anmhniun mhòr;
Ach bliadhnaidh deas làimh' euimh.
An Ti a's àirde gloir. [nicheam

11 Gníomhara Dhé sior-mheòraich-
Mar rinneadh leis gach beart, [eam,
Is t'iongantais o'n aimsir chéin
Sior-chuimhnicheam gu beachd.

12 Air t'oibríbh uile mar an ceudn'
Smuainichidh mi gu tric;
Is air gach gníomh a rinneadh leat,
Sior-labhraidh mi gu glic.

PSALM LXXVII.

12 By him the sp'rits shall be cut
off
Of those that princes are:
Unto the kings that are on
earth
He fearful doth appear.

PSALM LXXVII.—77.

1 UNTO the Lord I with my voice,
I unto God did cry;
Ev'n with my voice, and unto
me

His ear he did apply.

2 I in my trouble sought the Lord,
My sore by night did run,
And ceased not; my grieved soul
Did consolation shun.

3 I to remembrance God did call,
Yet trouble did remain;
And overwhelm'd my spirit was,
Whilst I did sore complain.

4 Mine eyes, debarr'd from rest and
sleep,

Thou makest still to wake;
My trouble is so great that I
Unable am to speak.

5 The days of old to mind I call'd
And oft did think upon
The times and ages that are past
Full many years agone.

6 By night my song I call to mind,
And commune with my heart;
My sp'rit did carefully inquire
How I might ease my smart.

7 For ever will the Lord cast off,
And gracious be no more?

8 For ever is his mercy gone?
Fails his word evermore?

9 Is't true that to be gracious
The Lord forgotten hath?
And that his tender mercies be
Hath shut up in his wrath?

10 Then did I say, That surely this
Is mine infirmity:
I'll mind the years of the right
hand

Of Him that is most High.

11 Yea, I remember will the works
Performed by the Lord:
The wonders done of old by thee
I surely will record.

12 I also will of all thy works
My meditation make;
And of thy doings to discourse
Great pleasure I will take.

SALM LXXVIII.

- 13 Do shlighe ta san ionad naomh,
A Thighearn is a Dhé :
- Có 's coimeas ann am meud ri dia
A ta 'na Dhaia dhuinn fén ?
- 14 'S tu 'n ti tha deanamh iongantais,
A Thighearna nam feart ;
Is ann am measg a' phobuill fós
Do thaisbein thu do neart.
- 15 Do shaoradh leat d'an teasairginn
Do phobull dileas fén,
Clann Iacoib agus Ioseph fós,
Le d' ghairdean neartmhor treun.
- 16 Chunnaic na h-uisgeachan thu,
Dhé,
Chunnaic iad thu gu beachd :
Is ghabh iad geilt; 's air doimhneachd
Bha mòran ogluidheachd. [fós]
- 17 An uisge dhòirt na neoil a nuas,
Bn ro-mhòr suaim nan speur ;
Is chaidh do shaighde corranach
A mach gu sgaiteach geur.
- 18 Ard-ghuth do thairneanaich san
Chualas, a Dhé, gu tric ; [speur,
An saoghal las le d' dhealanaich,
An talamh għluais is chlisp.
- 19 Do cheuma tha san doimhneachd
Do shlighe tha sa' chuan : [mhoir,
Ach luig do chos cha'n aithnich
Tha sud am folach uainn. [sinn,
- 20 Is ambluidh mar gu'm biodeh ann
Do phobull stiùireadh leat : [treud,
Le deadh làimh Mhaois is Aaron
'G an treòrachadh gu ceart. [fós,

SALM LXXVIII.—78.

- 1 Mo phobull éisdibh ri mo reachd :
Is cluinnibh guth mo bhéil.
- 2 Am briathraibh filidh cuiridh mi
Sean-fhocail dhorch' an céill :
- 3 A chuala sinn o'r sinnsearaibh,
Is air am b'fhiorsach sinn,
- 4 Cha'n sholaich siun o'n ginealach,
'S cha cheil sinn iad o'n cloinn ;
A' foillseachadh àrd mholaidh Dhé
Do 'n àl a ta ri teachd ;
'S na miorbhulean a rinneadh
leis,
A chumhachd is a neart :
- 5 Oir lagh an Jacob dhaingnich e,
Is reachd an Israel,
A dh'orduich e d'ar n-aithrichibh,
D'an cloinn an cur an céill.
- 6 Chum fios bhi aig an àl ri teachd,
A' chlann a ta gun bhreith :
'S gu'n innseadh iad do'n linn 'nan
déigh
Na nithe sin fa leth.

PSALM LXXVIII.

81

- 13 O God, thy way most holy is
Within thy sanctuary ;
And what god is so great in pow'r
As is our God most high ?
- 14 Thou art the God that wonders dost
By thy right hand most strong :
Thy mighty pow'r thou hast declar'd
The nations among.
- 15 To thine own people with thine arm
Thou didst redemption bring ;
To Jacob's sons, and to the tribes
Of Joseph that do spring.
- 16 The waters, Lord, perceived thee,
The waters saw thee well ;
And they for fear aside did flee ;
The depths on trembling tell.
- 17 The clouds in water forth were
Sound loudly did the sky ; [pour'd,
And swiftly through the world abroad
Thine arrows fierce did fly.
- 18 Thy thunder's voice amongst the
A mighty noise did make ; [heav'n
By lightnings lighten'd was the
world,
Th' earth tremble did, and shake.
- 19 Thy way is in the sea, and in
The waters great thy path ;
Yet are thy footsteps hid, O Lord ;
None knowledge thereof hath.
- 20 Thy people thou didst safely lead,
Like to a flock of sheep ;
By Moses' hand and Aaron's thou
Didst them conduct and keep.

PSALM LXXVIII.—78.

- 1 ATTEND, my people, to my law ;
Thereto give thou an ear ;
The words that from my mouth pro-
Attentively do hear. [ceed
- 2 My mouth shall speak a parable,
And sayings dark of old ;
- 3 The same which we have heard and
And us our fathers told. [known,
- 4 We also will them not conceal
From their posterity :
Them to the generation
To come declare will we :
The praises of the Lord our God,
And his almighty strength,
The wondrous works that he hath
done,
We will show forth at length.
- 5 His testimony and his law
In Isr'el he did place,
And charg'd our fathers it to show
To their succeeding race ;
- 6 That so the race which was to come
Might well them learn and know ;

- 7 An Dia gu'n cuireadh iad an dòigh,
 'S nach deantadh dichuimhn' leo
 Air oibríbh Dhé, 's gu'n gleidheadh
 iad
- A reachda mar is còir :
- 8 'S nach biodh iad mar an sunnsir-
 eachd,
 Làn ceannaire is droch-bheirt,
 Gun spiorad tairis ann' do Dhia,
 'S an cridhe gun bhi ceart.
- 9 Clann Ephraim le armaibh gleust',
 Air bogh' bu chuimseach beachd,
 Ach phill iad air an ais le geilt
 An làithibh cath' is feachd.
- 10 Coimhcheangal Dhé nior ghleidh-
 eadh leo,
 Is dhiùlt iad géill d'a reachd ;
- 11 'S na miorbhulean a nochd e dhoibh
 A 'n cuimhne leig gu beachd.
- 12 An sealladh sùl an aithriche,
 Seadh fòs an tir na h-Eiph't,
 'S air machair Shoain nochdadh leis
 A mhiorbhulean ro threun.
- 13 Sgoilt e an fhairg', 's thug iadsan
 trid ;
 Mar thorr na h-uisgean sheas.
- 14 San là le neul iad stiùir, san oidhch'
 Le solus tein' gu deas.
- 15 Sgoilt creag san fhàsach, aside
 deoch
 Thug, mar á doimhlineachd mhòir;
- 16 Bhuin sruth á creagaibh, thug air
 uisg'
 Ruith sios mar thuil gu leòr.
- 17 San fhàsach pheacach iad ni's mò;
 Is bhrosnuich an t-Ard Righ.
- 18 'Nan chridhe chuir iad cathadh air ;
 D'am miann ag iarraidh bìdh.
- 19 Labhair iad fòs an aghaidh Dhé ;
 Is thubhairt iad gu dian,
 An urrainn Dia san fhàsach mhòr
 Bòrd dheasachadh d'ar miann ?
- 20 Fench, bhual e 'chreag, bhrúchd
 uisge mach,
 Dh'éirich an tuil gu luath.
 Am feud e aran thabhairt fòs ?
 An deasaich fèidl d'a shluagh ?
- 21 Air cluinnntion so, ghabh corruiach
 Ri Jacob teine las, [Dia ;
 Is dh'éirich fearg ro-dhoinionnach
 Ri Israel gu cas :
- 22 Chionn nach do chreid iad ann an
 Dia,
 'S nach d'earb iad as a shláint' ;
- 23 Ged dh'fhsail dorsa nèamha fòs,
 'S na neböl o'n àird ged dh'aithn.
- 24 Ge d' dhòirt e orra mana nuas,
 Ge d' fhuair iad coire nan speur.

- And sons unborn, who should arise,
 Might to their sons them show :
- 7 That they might set their hope in
 And suffer not to fall [God,
 His mighty works out of their mind,
 But keep his precepts all ;
- 8 And might not, like their fathers, be
 A stiff rebellious race ;
 A race not right in heart ; with God
 Whose sp'rit not stedfast was.
- 9 The sons of Ephraim, who nor bows
 Nor other arms did lack,
 When as the day of battle was,
 They faintly turned back.
- 10 They brake God's cov'nant, and re-
 In his commands to go ; [sus'd
- 11 His works and wonders they forgot,
 Which he to them did show.
- 12 Things marvellous he brought to
 Their fathers them beheld [pass ;
 Within the land of Egypt done,
 Yea, ev'n in Zoan's field.
- 13 By him divided was the sea,
 He caus'd them through to pass ;
 And made the waters so to stand,
 As like an heap it was.
- 14 With cloud by day, with light of fire
 All night, he did them guide.
- 15 In desert, rocks he clave, and drink
 As from great depths supplied.
- 16 He from the rock brought streams,
 like floods
 Made waters to run down.
- 17 Yet sinning more, in desert they
 Provok'd the Highest One.
- 18 For in their heart they tempted God,
 And, speaking with mistrust,
 They greedily did meat require
 To satisfy their lust.
- 19 Against the Lord himself they spake,
 Aud, murmuring, said thus,
 A table in the wilderness
 Can God prepare for us ?
- 20 Behold, he smote the rock, and
 thence
 Came streams and waters great ;
 But can he give his people bread ?
 And send them flesh to eat ?
- 21 The Lord did hear, and waxed
 So kindled was a flame [wroth ;
 'Gainst Jacob, and 'gainst Israel
 Up indignation came.
- 22 For they believ'd not God, nor trust
 In his salvation had ;
- 23 Tho' clouds above he did command,
 And beav'n's doors open made,
- 24 And manna rain'd on them, and gave
 Them corn of heav'n to eat.

- 25 Biadh aingeal dh'ith iad: thug e 25 Man angels' food did eat; to them
dhoibh He to the full sent meat.
Do lòn an sàth gu léir.
- 26 San speur thug e air gaoith an ear
Gu'n d'imich i gu treun:
Is thug e fòs le neart a steach
A' ghaoth dheas mar an ceudn'.
- 27 Fòs dhòirt e orra nuas mar dhus,
Do fheadil an uile shàth;
'S eoin iteagach bu lionmhoire
Na gaineach air an tràigh.
- 28 Do leig e sud 'nan camp a nuas
Mu'n cuairt 'nan àitean-taimh.
- 29 Seadh dh'ith iad uile 's shàsaich-
eadh;
Oir thug e dhoibh an saimh.
- 30 Cha robh iad air an sgarachduinn
O mhiann an cridhe féin;
Ach air bhith aca-san am biadh
'G a chagnadh dian 'nam beul,
- 31 A' chuid bu shultmhoir' dhiubh 's
bu tréin',
Ghlac Dia 'na sheirg is mharbh:
'S an òigridh thagh't an Israel,
Ghrad bhuaileadh leis gu garbh.
- 32 Gidheadh an déigh gach gniomh
dhiubh sud,
Do pheacaich iad gu mòr;
Is ge do rinn e miorbhuilean,
Nior chreid iad mar bu chóir.
- 33 An làithean chaith e, uime sin,
An diomhanas air fad;
'S am bliadhnaidh thairis chaidh
gu léir
Le carroid ghàir gun stad.
- 34 An uair a mharbhadh leis san iad,
An sin ghrad iarr siad e,
Seadh phill iad, agus bha iad fòs
Gu moch ag iarraidh Dhé.
- 35 Is chuimhnich iadsan gu'm b'e
Dia,
An carraig threun a ghnàth:
Is gu'm b'e fòs an Dia a's aird'
B'fhear-saoraidh dhoibh gach là.
- 36 Ach rinn iad miodal ris le 'm beul,
Le 'n teangaidh breug is gò:
- 37 Cha robh an cridhe ceart; 's cha
robh
'Na chùmhnant dileas da.
- 38 Ach Dia, gu iochdmhor mhaith an
lochd,
'S an sgrios cha d'rinn gu geur:
Bu tric a phill e 'chorruich uath',
'S nior dhùisg e 'thearg gu léir.
- 39 Oir annta chuimhnich e nach robh
Ach feoil théid as mar bhlàth,
Is osag ghaoth' a ghabhas seach,
'S nach pill a ris gu bràth.

- PSALM LXXVIII.
- 25 And in the heav'n he did cause
An eastern wind to blow;
And by his power he let out
The southern wind to go.
- 27 Then flesh as thick as dust he made
To rain down them among;
And feather'd fowls, like as the sand
Which ly'th the shore along.
- 28 At his command amidst their camp
These show'rs of flesh down fell,
All round about the tabernacles
And tents where they did dwell.
- 29 So they did eat abundantly,
And had of meat their fill;
For he did give to them what was
Their own desire and will.
- 30 They from their lust had not estrang'd
Their heart and their desire;
But while the meat was in their
mouths,
Which they did so require;
- 31 God's wrath upon them came, and
The fattest of them all; [slew
So that the choice of Israel
O'erthrown by death, did fall.
- 32 Yet, notwithstanding of all this,
They sinned still the more;
And though he had great wonders
wrought,
Believ'd him not therefore:
- 33 Wherefore their days in vanity
He did consume and waste;
And by his wrath their wretched
Away in trouble past. [years
- 34 But when he slew them, then they
To seek him show desire; [did
Yea, they return'd, and after God
Right early did inquire.
- 35 And that the Lord had been their
They did remember then; [Rock
Ev'n that the high almighty God
Had their Redeemer been.
- 36 Yet with their mouth they flatter'd
And spake but feignedly; [him,
And they unto the God of truth
With their false tongues did lie.
- 37 For tho' their words were good, their
With him was not sincere; [heart
Unstedsfast and perfidious
They in his cov'nant were.
- 38 But, full of pity, he forgave
Their sin, them did not slay;
Nor stirr'd up all his wrath, but oft
His anger turn'd away.
- 39 For that they were but fading flesh
To mind he did recall;

- 40 Cia tric a bhrosnuicheadh e leo
San fhàsach thartmhòr chruaidh ;
San dithreabhl chuireadh corruiach air
Le eusaoutas an t-sluaign ?
- 41 Seadh phill iad uile air an ais,
Bhrosnuich iad Dia le chéil' :
Is chuir iad tomhas mar an ceudn'
Air Ti naomh Israel.
- 42 Dhichuimhnich iad, 's cha d'thug
fa'near
A ghairdean treun 's a làmh :
No 'n là san d'thug e furtachd
dhoibh,
Is fuasgladh deas o 'n nàmh :
- 43 No fùs mar rinneadh annus an
Comhara Dhé nam feart : [Eiph't,
Air machair Shòain mar an ceudn'
A inhiorbhuite le neart.
- 44 An srutha chaochail e gu fuli:
'S na h-viillt nach feudtadh 'n dl.
- 45 Chuir losgairn thuc', is cuileagan ;
'S leo chlaidheidh iad gu mòr.
- 46 An toradh thug e is am bàrr
Do'n burras sgriosach bheag ;
Is saothair fùs an làmh air sad,
Fo ailghios locust leag.
- 47 Am fion-chroinn bhris e mar an
ceudn'
Le cloich-shneachd chruaidh 's
gach aít ;
Is amhluidh mhill le reodhadh teann
An cranna-figis àrd.
- 48 Am feudail thug e thairis fùs
Do 'n chloich-shneachd sgataich
ghéir ;
'S le saighdibh teine-dealanaich,
Ghrad-chuir e as d'an treud.
- 49 Teas feirge, trioblaid, 's corruiach
Sud thilg e orr' gu grad ; [mhòr,
Le ainglibh olc a chur 'nam measg,
G'an claoiadh gu goirt air sad.
- 50 D'a chorruich rinn e bealach réidh :
'N anam nior chum o'u bhàs;
Am beatha thruagh thug thairis fùs
Do ghalar-plàigh 's do'n chàs.
- 51 Throm-bluaileadh leis-san anns an
Eiph't,
Gach ceud-ghin a bha ann :
Toiseach an neirt sna pàilliunaibh
A bha aig gineil Ham.
- 52 Ach thug e mach a phohull caomb
Mar chaoraich as an tir :
Is rinn mar threud san fhàsach
An treorachadh gu fior. [mhòr,
- 53 Leis stiùireadh iad gu tèaruinte,
Gun eagal is gun sgàth :
Ach air an naimhdibh dh'iadh an
'S an sluagh ud uile bhàth. [euan

- A wind that passeth soon away,
And not returns at all.
- 40 How often did they Him provoke
Within the wilderness !
And in the desert did him grieve
With their rebelliousness'
- 41 Yea, turning back, they tempted
And limits set upon [God,
Him, who in midst of Isr'el is
The only Holy One.
- 42 They did not call to mind his pow'r,
Nor yet the day when he
Deliver'd them out of the hand
Of their fierce enemy ;
- 43 Nor how great signs in Egypt land
He openly had wrought ;
What miracles in Zoan's field
His hand to pass had brought.
- 44 How lakes and rivers ev'ry where
He turned into blood ;
So that no man nor beast could
Of standing lake or flood ; [drink
- 45 He brought among them swarms of
Which did them sore annoy ; [flies,
And divers kinds of filthy frogs
He sent them to destroy.
- 46 He to the caterpillar gave,
The fruits of all their soil ;
Their labours he deliver'd up
Unto the locusts' spoil.
- 47 Their vines with hail, their syca-
He with the frost did blast : [mores
- 48 Their beasts to hail he gave ; their
Hot thunderbolts did waste. [flocks
- 49 Fierce burning wrath he on them
And indignation strong, [cast,
And troubles sore, by sending forth
Ill angels them among.
- 50 He to his wrath made way ; their
From death he did not save ; [soul
But over to the pestilence
The lives of them he gave.
- 51 In Egypt land the first-born all
He smote down ev'ry where ;
Among the tents of Ham, ev'n these
Chief of their strength that were.
- 52 But his own people, like to sheep,
Thence to go forth he made ;
And he, amidst the wilderness,
Them, as a flock, did lead.
- 53 And he them safely on did lead,
So that they did not fear ;
Whereas their en'mies by the sea
Quite overwhelmed were.
- 54 To borders of his sanctuary
The Lord his people led,
Ev'n to the mount which his right
For them had purchased. [hand

- 54 Gu críocheaibh ionaid naomha féin
 Thug e a phobull leis :
 Gu ruig an enoc so choisinn e,
 'S a bhuadhaich a lámh dheas.
- 55 Thilg e na einnich rompa mach,
 'S an oighreachd roinn le crann.
 Do Isra'l thug e 'n áite sud
 Gu còmhnuidh ghabhail ann.
- 56 Ach bhrosnuich agus ghrànaich iad
 An Dia a's àirde gloir ;
 Is idir cha do choimhid iad
 A naomh-reachd mar bu chóir.
- 57 Ach phill iad mar an sinnseara,
 'S gu fealltach ghluaiss air fad :
 Mar bhogha fiar chaidh iad a thaobh,
 Is chlaon iad uaith gu grad.
- 58 Le 'n dealbhaibh, is le'u aitibh ard'
 Chuir iad air fearg is eud :
 59 Tràth chuala Dia bha corrñich air
 Is gràin ri Israel.
- 60 Ionnus a phobull gu'n do thréig,
 An Siloh chuir a làmh :
 'S am pàilliun fos a shocruich e
 Measg dhaoinne ghabhail taimh.
- 61 Gu bruid thug suas an neart, 's an Gu làimh nau naimhde targ. [glòir
- 62 Do 'n chlaideamh thug e suas a shluagh,
 Ri 'oighreachd ghabh e fearg.
- 63 An teine loisg an òigradh ghleus' ;
 Posadh cha d'fhuair an òigh'n.
- 64 An sagairt thuit le claidheamh geur ;
 'S cha d' rinn am bantraich bròn.
- 65 Ghrad-mhosgail Dia an sin, mar neach Ag éirigh as a shuain :
 Mar churaidh 'n déigh bhi pòit air Tràth ni e iolach chruaidh. [fion
- 66 'Nan deireadh bhuaileadh leis gu geur
 A naimhde féin le tair :
 Is chuir e iad o sin a mach
 Gu masladh buan is nàir'.
- 67 Is pàilliun Ioseiph dhiúltadh leis :
 Nior thagh treubh Ephraim tòs :
- 68 Ach thagh e Iudah, sliabh Shioin féin
 D'an d'thug e gràdh gu mòr.
- 69 Thog esan 'fhàrdoch naomh an sud,
 Mar lùchaint àrd ro-dheas :
 'S mar ionad àrd air talamh teann A dhaingnich e am feasd.

- 55 The nations of Canaan,
 By his almighty hand,
 Before their face he did expel
 Out of their native land ;
 Which for inheritance to them
 By line he did divide,
 And made the tribes of Israel
 Within their tents abide.
- 56 Yet God most high they did pro-
 And tempted ever still ; [voke,
 And to observe his testimonies
 Did not incline their will :
- 57 But, like their fathers, turned back,
 And dealt unfaithfully :
 Aside they turned, like a bow
 That shoots deceitfully.
- 58 For they to anger did provoke
 Him with their places high ;
 And with their graven images,
 Mov'd him to jealousy. [wroth,
- 59 When God heard this, he waxed
 And much loath'd Isr'el then :
- 60 So Shiloh's tent he left, the tent
 Which he had plac'd with men.
- 61 And he his strength delivered
 Into captivity ;
 He left his glory in the hand
 Of his proud enemy.
- 62 His people also he gave o'er
 Unto the sword's fierce rage :
 So sore his wrath inflamed was
 Against his heritage.
- 63 The fire consum'd their choice
 young men :
 Their maids no marriage had ;
- 64 And when their priests fell by the
 sword,
 Their wives no mourning made.
- 65 But then the Lord arose, as one
 That doth from sleep awake ;
 And like a giant that, by wine
 Refresh'd, a shout doth make :
- 66 Upon his eu'mies' hinder parts
 He made his stroke to fall ;
 And so upon them he did put
 A shame perpetual.
- 67 Moreover, he the tabernacle
 Of Joseph did refuse ;
 The mighty tribe of Ephraim
 He would in no wise choose :
- 68 But he did choose Jehudah's tribe
 To be the rest above ;
 And of mount Sion he made choice,
 Which he so much did love.
- 69 And he his sanctuary built
 Like to a palace high,
 Like to the earth which he did found
 To perpetuity.

- 70 Is 'óglach Daibhidh thagh,
 thug
 O chrò nan caorach e:
71 'S o leantuinn fòs nan caorach
 trom'
 Le h-àl am measg an spréidh;
Is thug se e a bheathachadh
 Iacoib a phobuill naoimh,
Is gineal Isr'el mar an ceudn'
 A b' oighreachd dha ro-chaomh.
72 Ràir ionracais a chridhe séin,
 Bheathaich e iad gu beachd:
A réir deadh sheòltachd fos a làmh,
 Stiùireadh leis iad gu ceart.

SALM LXXIX.—79.

- 1 THAINIG, a Dhé, na fineachan
 A steach do d' oighreachd féin,
Thruaill iad do theampull naomh,
 'Na tòrr Ierusalem. [is dh'fhág
2 Is thug iad cuirp do sheirbhiseach
 Mar bhiadh do eoin nan speur:
Is feoil do naomh mar chobhartach,
 Do bheathaichibh an t-sléibh.
3 Mu thimchioll fòs Ierusalem,
 Dhòirt iad am fuil mar uisg':
Is cha robh neach g'an adhlacadh
 'S g'an cur san uaigh an taisg.
4 Ball fanoid agus maslaidh sinn
 D'ar coimhearsnachaibh féin:
Cùis spòrs' is mhagaidh do gach
 A ta m'ar cuairt gu léir. [neach
5 Cia fhad a bhitheas corruiich ort,
 A Dhé, am bi gu bràth?
Is t'ead am bi a' losgadh ruinn
 Mar lasair theith a ghnàth?
6 Do chorruich air na cinnich dòirt
 Aig nach 'eil elas ort;
Is air na rioghachdaibh nach gairm
 Air t'ainm, a Dhia nam feart.
7 Oir mhill iad Iacob, 'fàrdoch fòs
 'Na fasach chuir iad sios.
8 Na peacaidh fòs a riinneadh leinn
 Na cuimhnich dhuinn a ris;
Tionndadh gu luath do thruacantas,
 Ruigeadh e oirnu mu thràth:
Oir 's diblidh bochd a nis ar staid
 A' tuiteam sios gach là.
9 Dean còmhnaidh leinn, O Dhé ar
 slaint'
 Air sgàth glòdir t'ainme féin;
Sgàth t'ainme saor sinu, agus glan
 Ar peacaidh uainn gu léir.
10 Ciod uime 'n abradh fineacha,
 C'ait bheil a nis an Dia?
Measg fineacha 'nar sealladh féin,
 Aithnicheadh iad an Triath,
Le dioghaltais a ghabhail diubh;
 Oir dhòirteadhl leo gun iochd

PSALM LXXIX.

- is 70 Of David, that his servant was,
 He also choice did make,
And ev'n from the folds of sheep
 Was pleased him to take:
71 From waiting on the ewes with
 young,
 He brought him forth to feed
Israel, his inheritance,
 His people, Jacob's seed.
72 So after the integrity
 He of his heart them fed:
 Aud by the good skill of his hands
 Them wisely governed.
- PSALM LXXIX.—79.
- 1 O GOD, the heathen enter'd have
 Thine heritage : by them
 Defiled is thy house : on heaps
 They laid Jerusalem.
2 The bodies of thy servants they
 Have cast forth to be meat
 To rav'ous fowls ; thy dear saints'
 flesh
 They gave to beasts to eat.
3 Their blood about Jerusalem
 Like water they have shed ;
 And there was none to bury them
 When they were slain and dead.
4 Unto our neighbours a reproach
 Most base become are we ;
 A scorn and laughing-stock to them
 That round about us be.
5 How long, Lord, shall thine anger
 last ?
 Wilt thou still keep the same ?
 And shall thy fervent jealousy
 Burn like unto a flame ?
6 On heathen pour thy fury forth,
 That have thee never known,
 And on those kingdoms which thy
 Have never call'd upon. [name
7 For these are they who Jacob have
 Devoured cruelly ;
 And they his habitation
 Have caused waste to lie.
8 Against us mind not former sins ;
 Thy tender mercies show :
 Let them prevent us speedily,
 For we're brought very low.
9 For thy name's glory help us, Lord,
 Who hast our Saviour been :
 Deliver us ; for thy name's sake,
 O purge away our sin.
10 Why say the heathen, Where's
 their God ?
 Let him to them be known ;
 When those who shed thy servants'
 blood
 Are in our sight o'erthrown.

- Fuil nedchioutach do sheirbhiseach,
Gu saoibhir is gu tric.
11 Osnaidh a' phriosanaich a'd lath'r
Thigeadh, a Dhé nam feart;
'S an dream a dh'orduicheadh chum
Saor-sa, réir meud do neirt. [báis]
- 12** Ricsan tha dhuiunn 'nan coimhearsnaich
'Nam brollach, diol am beum:
Gach masladh le'n do spreig iad thu,
Seachd uaire pill riù féin.
- 13** Treud t'ionaltraidh, 's do phobull
Molaidh sinn thu a ghnàth:[sinn,
Is cuiridh sinn an cùill do chliu
O linn gu linn gu bràth.
- SALM LXXX.—80.
- 1** EISD, aodhair Israel, a stiùir
Joseph mar threed le d'làimh.
Thusa ta d' thàmhs measg cheruban,
Dealruich a mach mu thràth.
- 2** An lathair Ephraim's Bheniamin,
Agus Mhanaseh fòs,
Dùisg-sa do chumhachd : agus thig
G'ar saoradh mar is nòs.
- 3** Pill sinn a ris, a Dhé nam feart:
Tog oirnne suas gu h-àrd
Deadh dhealradh glan do ghnùis a
Is saorar sinn le d' ghràs. [nis,
- 4** Cia fhad, a Thighearna nan sluagh,
A leanas corruiu riut,
Ri guidhe ghéir na muinutir sin
A's pobull dileas duit?
- 5** Oir bheathaich thu do shluagh gu
Le aran deur is bròn; [léir
Is tomhas saoibhir thug thu dhoibh
Do dheuraibh goirt r'an òl.
- 6** Is rinn thu sinn mar aobhar stri
D'ar coimhearsnachaibh féin :
'Nar n-aobhar spòrs' is abhàcis
D'ar n-eascairdibh gu léir.
- 7** Pill sinn a ris, O Dhé nan slògh;
Tog oirnne suas gu b-àrd
Deadh dhealradh glan do ghnùis a
Is saorar sinn le d' ghràs. [nis,
- 8** Thug thu fionain as an Eiphit:
Na cinnich thilg thu mach,
Is shuidhich thus' an fionain ud
'Nan ionad sud fa seach.
- 9** Réitich thu àite dhi ; is ghabh
I freumh gu daingeann teann,
Le d' bheannachadh ; is lionadh leath'
An tur o cheannu gu ceann.
- 10** Na enuic ro-àrda dh'fholuich i
Le sgáil 's le dùbhar féin :
A gengan bha a cinneachduinn
Mar sheudair àluinn réidh.
- 11** An dara taobh gu ruig an cuan
Chuir i a mach a meoir ;

- 11** O let the pris'ner's sighs asceud :
Before thy sight on high ;
Preserve those in thy mighty pow'r
That are design'd to die.
- 12** And to our neighbours' bosom
cause
It seven-fold render'd be,
Ev'n the reproach wherewith they
have,
O Lord, reproached thee.
- 13** So we thy folk, and pasture-
sheep,
Shall give thee thanks always ;
And unto generations all
We will show forth thy praise.
- PSALM LXXX.—80.
- 1** HEAR, Isr'el's Shepherd ! like a flock
Thou that dost Joseph guide ;
Shine forth, O thou that dost between
The cherubims abide.
- 2** In Ephraim's, and Benjamin's,
And in Manasseh's sight,
O come for our salvation ;
Stir up thy strength and might.
- 3** Turn us again, O Lord our God,
And upon us vouchsafe
To make thy countenance to shine,
And so we shall be safe.
- 4** O Lord of hosts, almighty God,
How long shall kindled be
Thy wrath against the prayer made
By thine own folk to thee ?
- 5** Thou tears of sorrow giv'st to them
Instead of bread to eat ;
Yea, tears instead of drink thou
To them in measure great. [giv'st
- 6** Thou makest us a strife unto
An ainm Iehobhah thréin.
- 11 Do chuairtich iad mi air gach taobh,
Chuairtich iad mise fòs;
Ach sgatham agus sgríosam iad
An ainm Iehobhah mhòir.
- 12 Mar bheachaibh chuairtich iad, ach
Iad as mar theine dris; [chaidh
Oir ann an ainm Iehobhah thréin,
Ni mi gu léir an sgríos.
- 13 Ga m' leagadh, theann thu orm gu
Ach chuidich leam-sa Dia. [dlùth;
- 14 'Se Dia mo cheòl, 's mo shláinte fòs,
Is e mo threoir an Triath.
- 15 Guth gairdeachais is sláinte ta
Am pàilliunaibh nan saoí:
Deas làmh Iehobhah uile thréin
Fhuaradh gu treubhach i.
- 16 Ta gairdean deas an Tighearna
Air 'àrdachadh gu mòr;
Is rinneadh bearta treubhantais
Le deas làimh Dhé na glòir'.
- 17 Cha'n flaigh mi bàs, ach maiream
Is innseam oibre Dhé. [beò,
- 18 Throm-smachdaich Dia mi, ach gu
Cha d'thug e thairis mi. [bàs
- 19 O fosglaibh dhomh gu farsuinn
Geatan an ionracais: [réidh
Is racham orra-san a steach;
Iehobhah molaidh mis'.
- 20 So dorus Dé, air 'n téid a steach
Na daoine còire naomh'.
- 21 Siòr-mholam thu, oir chual' thu
Is tu mo shláinte chaomh. [mi;
- 22 A' chlach a dhiùlt na clachairean,
Clach-chinn na h-oisinn i.
- 23 'Se Dia rinn sud, 's ro-ionganach
'Nar sùilibh-ne an gniomh.
- 24 So féin an là a dh'orduich Dia,
Sam bi sinn suilbhír ait.
- 25 Fòir, guidheam, guidheam ort, a
Nis soirbhich leinn gu pait. [Dhé;
- 26 Beannaicht' gu robh au neach a thig
An ainm Iehobhah thréin:
- 6 The mighty Lord is on my side,
I will not be afraid;
For any thing that man can do
I shall not be dismay'd.
- 7 The Lord doth take my part with
That help to succour me: [them
Therefore on those that do me hate
1 my desire shall see.
- 8 Better it is to trust in God
Than trust in man's defence;
- 9 Better to trust in God than make
Princes our confidence.
- 10 The nations, joining all in one,
Did compass me about;
But in the Lord's most holy name
I shall them all root out.
- 11 They compass'd me about; I say,
They compass'd me about:
But in the Lord's most holy name
I shall them all root out.
- 12 Like bees they compass'd me about;
Like unto thorns that flame
They quenched are: for them shall I
Destroy in God's own name.
- 13 Thou sore hast thrust, that I might
But my Lord helped me. [fall,
- 14 God my salvation is become,
My strength and song is he.
- 15 In dwellings of the righteous
Is heard the melody
Of joy and health: the Lord's right
Doth ever valiantly. [hand
- 16 The right hand of the mighty Lord
Exalted is on high;
The right hand of the mighty Lord
Doth ever valiantly.
- 17 I shall not die, but live, and shall
The works of God discover.
- 18 The Lord hath me chastised sore,
But not to death giv'n over.
- 19 O set ye open unto me
The gates of righteousness;
Then will I enter unto them,
And I the Lord will bless.
- 20 This is the gate of God, by it
The just shall enter in. [heard'st,
- 21 Thee will I praise for thou me
And hast my safety been.
- 22 That stone is made head corner-
Which builders did despise: [stone,
- 23 This is the doing of the Lord,
And wondrous in our eyes.
- 24 This is the day God made, in it
We'll joy triumphantly.
- 25 Save now, I pray thee, Lord; I pray,
Send now prosperity.
- 26 Blessed is he in God's great name,
That cometh us to save:

- Thng sinne beannachd oirbhse mach,
A tigh Iehobhah féin.
- 27 'Se Dia Iehobhah dhealraich oirnn;
Ceanglaibh le cordaibh cruaidh.
Ri adharcaibh na h-altair' naoimh',
An lobairt bheir sibli uaibh.
- 28 'S tusa mo Dhia, is molaam thu ;
Ardaicheam thu, mo Dhia.
- 29 O molaibh Dia, oir tha e maith :
Sior-mhairidh gràs an Triath.
- PSALM CXIX.—119.
- ALEPH. *Earrain 1.*
- 1 'S BEANNAICHT' an dream tha foirfe
San t-slighe dhirich cheirt; [glan
An dream a ghluaiseas ann an lagh
Ard-Thighearna nam feart.
- 2 'S beannaicht' an aitim ud faraon
Le 'n coimhdear teistead Dè,
'S a dh'iarras e gu dichiollach,
Le 'n uile chridhe féin.
- 3 'Nashlighibh-san sior-ghluaisear leo,
'S cha dean iad aingidbeachd.
- 4 Dh'àithn thu dhuinn gu coimhead
Gu dichiollach do reachd. [amaid
- 5 O stiùir mo cheum, 's gu coimhdear
Do reachda direach téin ! [leam
- 6 Cha ghabh mi nàir', tràth bheir mi
Do t'aitheantaibh gu léir. [spéis
- 7 Le cridhe treibhdhireach gun ghò
Mòr-mholam thu gu binn,
Tràth dh'fhoghlanas mi breitheauais
Do cheartais naomha ghrinn.
- 8 'Se so mo rùn gu coimhdear leam
Do reachda naomh a ghnàth :
O Thighearna, na tréig-sa mi
Gu buileach no gu bràth.
- BETH. *Earrain 2.*
- 9 Ciod leis an glan au t-òganach
A shlighe féin gu ceart ?
Trid faicill mhaith is furachrais,
Rér t'shocail is do reachd.
- 10 Le m'uile chridhe féin, a Dhé,
Dh' iarradh leam thu gu caomh ;
Na leig dhomh dol air seacharan
O t'aitheantaibh ro-naomh.
- 11 Air eagal peacaidh, dh'fholuich mi
A'm' chridhe t'fhocal ceart.
- 12 O teagaisg dhomh do reachda
naomh' :
'S beannaicht' thu, Dhia nam feart.
- 13 Le m'bhilibh, breitheanais do bheil
Nochd mi air fad 's air leud.
- 14 Slighe do theisteis b'aoibhnic' leam,
Na saoibhreas mòr d'a mheud.
- 15 Soraichidh mi mo smuaineachadh
Air àitheantaibh do reachd ;
Air ceumannaiibh do shlighe féin
Sior-dhearaidh mi le beachd.

- We, from the house which to the
Pertains, you blessed have. [Lord
- 27 God is the Lord, who unto us
Hath made light to arise :
Bind ye unto the altar's horns
With cords the sacrifice.
- 28 Thou art my God, I'll thee exalt ;
My God, I will thee praise.
- 29 Give thanks to God, for he is good:
His mercy lasts always.
- PSALM CXIX.—119.
- ALEPH. *The 1st Part.*
- 1 BLESSED are they that undefil'd,
And straight are in the way ;
Who in the Lord's most holy law
Do walk, and do not stray.
- 2 Blessed are they who to observe
His statutes are inclin'd ;
And who do seek the living God
With their whole heart and mind.
- 3 Such in his ways do walk, and they
Do no iniquity.
- 4 Thou hast commanded us to keep
Thy precepts carefully.
- 5 O that thy statutes to observe
Thou would'st my ways direct !
- 6 Then shall I not be sham'd, when I
Thy precepts all respect.
- 7 Then with integrity of heart
Thee will I praise and bless,
When I the judgments all have learn'd
Of thy pure righteousness.
- 8 That I will keep thy statutes all
Firmly resolv'd have I :
O do not then, most gracious God,
Forsake me utterly.
- BETH. *The 2d Part.*
- 9 By what means shall a young man
His way to purify ? [learn
If he according to thy word
Thereto attentive be.
- 10 Unfeignedly thee have I sought
With all my soul and heart :
O let me not from the right path
Of thy commands depart.
- 11 Thy word I in my heart have hid,
That I offend not thee.
- 12 O Lord, thou ever blessed art,
Thy statutes teach thou me.
- 13 The judgments of thy mouth each
one
My lips declared have :
- 14 More joy thy testimonies' way
Than riches all, me gave.
- 15 I will thy holy precepts make
My meditation ;
And carefully I'll have respect
Unto thy ways each one.

16 Gabhaidh mi tlachd is ciata mhaith
Do d' statuisibh gu léir :
Air dearmad fós cha leig mi chaoiadh
Deadh fhocal glan do bhéil.

GIMEL. *Earrann 3.*

17 Riumsa ta m' òglach dhuit, a Dhé,
Dean toirbheartas gach àm ;
A chum gu bithinn beò, is fós
Gu'n coimhdear t'fhocal leam.
18 Fosgail mo shùilean, 's chi mi 'n
Mor iongantais do reachd. [sin
19 'S coigreach air thalamh mi; na
ceil
Orm t'aitheanta ro-cheart.

20 Tha m'anam briste brûite stigh,
Is muladach a ghnáth ;
Aig meud mo thograidh is mo mhiann
Do d' bħreitheanais gach tráth.

21 Luchd-uabhair mhallaicht' smachd-aich thu,
A chlaon o t'iarrettus ceart.

22 Cuir spid is masladh fada uam,
Oir choimhdeadh leam do reachd.

23 A'm' aghaidh labhair prionnsan
Air suidhe dhoibh le chéil': [mòr',
Ach air do statuisibh ro-naomh
Do smuainich t'òglach fén;

24 A ta mi gabhail tlachd gu mòr
Do d' theisteis naomha fén;
Is mar an ceudna tha iad dhomh
'Nan comhairlich a'm sheum.

DALETH. *Earrann 4.*

25 Tha m'anam leantuinn ris an uir ; Réir t'fhocail beothaich mi.

26 Nochd mi mo shligh', is dh' ēisd thu rium :

Seòl dhomh do lagh, a Dhé.

27 Air slighe fhior-ghloin t'aitheanta
Thoir dhomhsa tuisge gheur ;
Mar sin air t'oibríbh iongantach
Labhrám, 'g an cur an céill.

28 Tha m'anam leaghadh as le brón : Réir t'fhocail deònich neart.

29 Cuir slighe bhreugach fada uam ; A'd' ghràs thoir dhomh do reachd.

30 Slighe na firinn foirfe gloin,
Is i bu roghainn leam :
Is chuir mi do cheart bhreitheanais
Fa m' chomhair fén gach àm.

31 Lean mi gu dlùth 's gu faicilleach
Ri d' theisteis naomha fén ;
Na cuir gu h-amhlaoadh näire mi,
O Thighearna ro-thréin.

32 An slighe fhior-ghloin t'aitheanta
Sior-ruithidh mi le tlachd ;
Tráth nithear leat mo chridhe teann
A chur am farsuinneachd.

16 Upon thy statutes my delight
Shall constantly be set :
And, by thy grace, I never will
Thy holy word forget.

GIMEL. *The 3d Part.*

17 With me thy servant, in thy grace,
Deal bountifully, Lord ;
That by thy favour I may live,
And duly keep thy word.
18 Open mine eyes, that of thy law
The wonders I may see.
19 I am a stranger on this earth,
Hide not thy laws from me.
20 My soul within me breaks, and
doth
Much fainting still endure,
Through longing that it hath all
times
Unto thy judgments pure.

21 Thou hast rebuk'd the cursed proud,
Who from thy precepts swerve.

22 Reproach and shame remove from
For I thy laws observe. [me,

23 Against me princes spake with spite,
While they in council sat :
But I, thy servant, did upon
Thy statutes meditate.

24 My comfort, and my heart's delight,
Thy testimonies be ;
And they, in all my doubts and fears,
Are counsellors to me.

DALETH. *The 4th Part.*

25 My soul to dust cleaves : quicken
According to thy word. [me,

26 My ways I show'd, and me thou
heard'st :
Teach me thy statutes, Lord.

27 The way of thy commandements
Make me aright to know ;
So all thy works that wondrous are
I shall to others show.

28 My soul doth melt, and drop away,
For heaviness and grief ;
To me, according to thy word,
Give strength, and send relief.

29 From me the wicked way of lies
Let far removed be ;
And graciously thy holy law
Do thou grant unto me.

30 I chosen have the perfect way
Of truth and verity :
Thy judgments that most righteous
Before me laid have I. [are

31 I to thy testimonies cleave ;
Shame do not on me cast.

32 I'll run thy precepts' way, when
My heart enlarged hast. [thou

HE. *Earrann 5.*

- 33 Slighe do statuin teagaisg dhomh,
O Dhia Iehobhah thréin :
Is coimhdeam i gu dichiollach,
Gu erich mo shaoghail féin.
34 Tuigs' agus eòlas tabhair dhomh,
Is coimhdidh mi do reachd ;
Is fös le m'uile chridhe féin
Coimhdear leam e gu beachd.
35 An ceum do lagh' thoir orm bhi
triall ;
Oir leam 's ro-thlachdmhor e.
36 Gu d' theisteis naomh', 's cha'n
ann gu sànnnt,
Mo chridhe lub, a Dhé.
37 Mo shuile pill mu'n amhaire mi
Air diomhanas gun stà :
Ach ann do shlighibh naomha féin
Ath-bheothaich mi a ghnàth.
38 O daingnich t'fhocal firinneach
Do t'òglach féin gu mòr ;
Do'n neach thug suas e féin air fad
Do t'eagal mar is còir.
39 Pill uam an nàir a's eagal leam ;
Oir 's maith do bhreath, a Dhé.
40 Feuch, 's miannach leamsa t'àith-eanta :
A'd' cheartas beothaich mi.

VAU. *Earrann 6.*

- 41 Thigeadh do thòrcair mar an ceudn'
A m'ionnsuidh féin, a Dhé ;
Do chomhfhurtachd, 's do shláinte
chaomh,
A réir do gheallaidh féin.
42 Mar sin do'n neach bheir masladh
dhomh,
Bidh agam freagradh deas :
Oir ann ad fhocal firinneach
Mo dhòchas cuiridh mis'.
43 Focal na firinn na buin leat
Gu h-iomlan as mo bheul ;
Oir ann ad bhreitheanais ro-cheart
A ta mo dhòchas féin.
44 Mar sin gu suthain is gu sior,
Gnàth-choimhdidh mi do reachd :
45 Air son gu'n iarram t'àitheanta,
Gluaiseam am farsuinneachd.
46 Ri rìghribh labhrám air do theist,
Gun amhlaoadh orm no sgàth.
47 Is gabham tlachd do t'àitheantaibh,
'S ann doibh a thug mi gràdh.
48 Ri t'àitheantaibh d'an d' thug mi
Togam mo làmha féin : [toil,
Is ann ad statuisibh ro-naomh
Bitheam ri enuasachd ghéir.

ZAIN. *Earrann 7.*

- 49 Cuimhnich am focal ud, a Dhé,
Do t'òglach féin a nis,

HE. *The 5th Part.*

- 33 Teach me, O Lord, the perfect way
Of thy precepts divine,
And to observe it to the end
I shall my heart incline.
34 Give understanding unto me,
So keep thy law shall I ;
Yea, ev'n with my whole heart I
shall
Observe it carefully.
35 In thy law's path make me to go ;
For I delight therein.
36 My heart unto thy testimonies,
And not to greed, incline.
37 Turn thou away my sight and
eyes
From viewing vanity ;
And in thy good and holy way
Be pleas'd to quicken me.
38 Confirm to me thy gracious word,
Which I did gladly hear,
Ev'n to thy servant, Lord, who is
Devoted to thy fear.
39 Turn thou away my fear'd reproach ;
For good thy judgments be.
40 Lo, for thy precepts I have long'd ;
In thy truth quicken me.

VAU. *The 6th Part.*

- 41 Let thy sweet mercies also come
And visit me, O Lord,
Ev'n thy benign salvation,
According to thy word.
42 So shall I have wherewith I may
Give him an answer just,
Who spitefully reproacheth me ;
For in thy word I trust.
43 The word of truth out of my mouth
Take thou not utterly ;
For on thy judgments righteous
My hope doth still rely.
44 So shall I keep for evermore
Thy law continually.
45 And sith, that I thy precepts seek,
I'll walk at liberty.
46 I'll speak thy word to kings, and I
With shame shall not be mov'd ;
47 And will delight myself always
In thy laws, which I lov'd.
48 To thy commandments, which I
lov'd,
My hands lift up I will ;
And I will also meditate
Upon thy statutes still.

ZAIN. *The 7th Part.*

- 49 Remember, Lord, thy gracious word
Thou to thy servant spake,

- Thug thu mar bharrant dòchais
dhomh,
'S thug orm gu'n d'earb mi ris.
50 Se so mo chomhfhurtachd ro-mhòr
A'm' theinn 's a'm' àmhgar geur:
Oir rinn do bhriathar firinneach
M'athl-bheòthachadh gu treun.
- 51 Bha mi mar aobhar fanoid mhòir
Aig daoinibh àrdanach;
Gidheadh cha d'aom mi o do lagh,
Le claoadh seachranach.
- 52 Do bħreitheanais a ta o chian,
Chuimhnich mi, Dhia, gu léir:
Is ghlae ni thugam fein an sin
Deadh chomhfhurtachd a'm'sheum.
- 53 Air son gu'n d'threig an daoi do
Għlae uamhunn mi gu mōr. [lagh],
54 An tigh mo chuairt is m'oil-thire,
Do statuin b'iad mo cheòl.
55 Chuimhnich mi t'ainm san oidhch,
a Dhé,
Is choimhdeadħ leam do reachd.
- 56 B'e so mo chuid, oir choimhid mi
T'iarrtuis, a Dhé, gu beachd.
- CHETH. Earrann 8.**
- 57 Mo chuibhrionn is mo chranneħur
O Thighearn is a Dhé: [thu,
Le gealladh ciunteach thubhairt mi,
Gu coimhdin tħiġiċċa fein.
- 58 Le m'uile chridhe dh'iar mi ort
Do għnūs 's do għrāsa saor:
A réir do bhriathar shirinnich,
Dean trċċair orni gu caoин.
- 59 Do chnuasaich mi mo shligħe fein,
'S ri d' theisteas phill mo chos.
60 Rien deifir choimhead t'aitheanta,
'S nior għabb mi tħamh uo fois.
61 Chreacħ buidhinn aingħid mi;
gidheadh,
Nior dħearmaid mi do reachd.
- 62 Eiream mu mheadhou oidhche,
chum
Gu molam do bhreħt cheart.
- 63 'S fear-comuinn mi is kompanach
Do 'n dream d'an eagħi thu;
'S do 'n aitħi ud a choimħdeas fós
Tħiġiġ-aitheantan gu dlùth.
- 64 A Thighearna, tha'n talamh làn
Do d' għras 's do d' thrċċair
chaoimli:
Tuġġiġ agus eħolas tabhair dhomh
A'd' statuisib ro-naomh.
- TETH. Earrann 9.**
- 65 Do t-dgħiġi rinn thu maith, a Dhé,
A réir do bhriathair cheirt.
66 Deadħi thuiġi' is eħolas teagħiġ
dhomh,
Oir chreid mi fein do reachd.

- Which, for a ground of my sure hope
Thou causedst me to take.
50 This word of thine my comfort is
In mine affliction:
For in my straits I am reviv'd
By this thy word alone.
- 51 The men whose hearts with pride
are stuff'd
Did greatly me deride;
Yet from thy straight command-
I havemot turn'd aside. [ments
- 52 Thy judgments righteous, O Lord,
Which thou of old forth gave,
I did remember, and myself
By them comforted have.
- 53 Horror took hold on me, because
Ill men thy law forsake.
54 I in my house of pilgrimage
Thy laws my songs do make.
55 Thy name by night, Lord, I did
mind,
And I have kept thy law.
56 And this I had, because thy word
I kept, and stood in awe.
- CHETH. The 8th Part.**
- 57 Thou my sure portion art alone,
Which I did choose, O Lord:
I have resolv'd, and said, that I
Would keep thy holy word.
58 With my whole heart I did entreat
Thy face and favour tree:
According to thy gracious word
Be merciful to me.
- 59 I thought upon my former ways,
And did my life well try;
And to thy testimonies pure
My feet then turned I.
60 I did not stay, nor linger long,
As those that slothful are;
But hastily thy laws to keep
Myself I did prepare..
- 61 Bands of ill men ne robb'd; yet I
Thy precepts did not slight.
62 I'll rise at midnight thee to praise,
Ev'n for thy judgments right.
63 I am companion to all those
Who fear, and thee obey.
64 O Lord, thy mercy fills the earth:
Teach me thy laws, I pray.
- TETH. The 9th Part.**
- 65 Well hast thou with thy servant
dealt,
As thou didst promise give.
66 Good judgment me, and knowledge
For I thy word believe. [teach,

67 Mun robh mi 'n teinn, air seachran chaidh :
 Ach t'fhocal ghléidh mi nis.
 68 'S maith thus', is nithear maitheas A'd' statuin teagaisg mis'. [leaf:
 69A'm' aghaidh luchd an àrdain bhuirb Dhealbh breuga baoth le chéil':
 Ach gleidhidi mise t'àitheanta Le m' chridhe féin gu léir.
 70 Tha 'n eridhe-san co reamhar fös, Ri saill aig meud an sògh :
 Ach gabhaidh mise tlachd dhomh A'd' lagh-sa, Dhé, gach lò. [féin
 71 'S maith dhomhs' a nis gu robh mi An teinn 's an àmhghar geur, [féin
 A chum gu fòghlumainn le beachd Do statuin cheart gu léir.
 72 'S fearr dhomh gu mòr an lagh a ta A' teachd o d' bheul a mach,
 Na milte mòr do'n airgiad għlan, 'S do'n òr a's deirge dreach.
 IOD. *Earrann 10.*
 73 Do rinn, 's do dhealbh do làmhan Dean tuigseach mi d'a réir, [mi;
 A chum gu faighinn eðlas maith Air t'àitheantaibh gu léir.
 74 Tràth chi luchd t'eagail mi, bi'd.ait : Oir dh' earb mi as do theist.
 75 Dhia, 's ceart do bhreitheanais, 's le Leòn thusa mi gun cheisd. [còir
 76 Dhé, guidheam ort, do thròcair chaoinean Bhi dhomh mar chomhflurtachd:
 A réir an shocail labhair thu Ri t'ðglach féin gu beachd.
 77 O thigeadh thugam féin a nis Do thròcair chaomb, a Dhé,
 Ga m' chumail bed : oir 'se do lagh Mo thlachd 's mo mhiann gach ré.
 78 Biadh nàir' air luchd an àrdain mhòir, Bhuiin riumsa, gun chion-fath,
 Gu fealltach fior ; ach smuainicheam Air t'àitheantaibh a għnàth.
 79 Pilleadh luchd t'eagail riuum, 's an Ta eòlach air do theist. [dream
 80 Gu robh mo chridhe ceart a'd' reachd, Nach nàraichead mi 'm feasd.

CAPH. *Earrann 11.*

81 Tha m'anam air a chlaoïdh gu mòr, Feitheamh do shlainte, Dhé : Ach tha mo dhðchhas bunaiteach A'd' shocail tairis féin.
 82 A' feitheamh t' shocail chaith mo Furtachd, O c'uin a ni ? [shūl:
 83 Oir taim mar shearraig anns an toit; 'S do reachd nior dhearmaid mi.

67 Ere I afflicted was I stray'd ; But now I keep thy word.
 68 Both good thou art, and good thou Teach me thy statutes, Lord. [do'st:
 69 The men that are puff'd up with Against me forg'd a lie ; [pride Yet thy commandements observe With my whole heart will I.
 70 Their hearts, through worldly ease and wealth, As fat as grease they be : But in thy holy law I take Delight continually.
 71 It hath been very good for me That I afflicted was, That I might well instructed be, And learn thy holy laws.
 72 The word that cometh from thy Is better unto me [smooth Than many thousands and great Of gold and silver be. [sums
 JOD. *The 10th Part.*
 73 Thou mad'st and fashion'dst me : thy laws To know give wisdom, Lord.
 74 So who thee fear shall joy to see Me trusting in thy word.
 75 That very right thy judgments are I know, and do confess ; And that thou hast afflicted me In truth and faithfulness.
 76 O let thy kindness merciful, I pray thee, comfort me, As to thy servant faithfully Was promised by thee.
 77 And let thy tender mercies come To me that I may live ; Because thy holy laws to me Sweet delectation give.
 78 Lord, let the proud ashamed be ; For they, without a cause, With me perversely dealt : but I Will muse upon thy laws.
 79 Let such as fear thee, and have known Thy statutes, turn to me.
 80 My heart let in thy laws be sound, That sham'd I never be.
 CAPH. *The 11th Part.*
 81 My soul for thy salvation faints ; Yet I thy word believe.
 82 Mine eyes fail for thy word : I say, When wilt thou comfort give ?
 83 For like a bottle I'm become, That in the smoke is set : I'm black, and parch'd with grief ; Thy statutes not forget. [yet I

- 84 Cia lion iad làithean t'óglach fén?
Is fós, a Dhé, cia uair
Chuireas tu breitheanas an gniomh
Orra ta orms' an toir?
- 85 An dream ta làn do'n àrdan bhorb,
Chladhaich iad dhomh gu beachd
Sluicdh dhomhain, chum mo ghilac-
adh leo,
Nach robh a réir do reachd.
- 86 An tòir gu fealltach tha iad orm;
Dhé, cuidich leam gu grad:
Oir fairis agus firinneach
Tha t'áitheantan air fad.
- 87 Air talamh chaidh ach beag mo
chlaoidh;
Nior thréig mi t'iarrtus naomh.
- 88 'S gu'n coimhdinn teisteas fior do
bhéil,
Ath-bheothaich mi gu caomh.

LAMED. *Earrann 12.*

- 89 Tha t'fhocal bunaiteach gu bràth,
Sna nèamhaibh árd', a Dhé:
- 90 Tha t'hìrinne is do thairisneachd
Buan-mhaireannach gach ré:
Do dhaingnicheadh an talamh leat,
'S na sheasamh tha d'a réir.
- 91 Taid buan an diugh réir t'orduigh
Do mhuinntir iad gu léir. [fén;
- 92 Mur bhith gu 'n ghabh mi ciata
Do t'fhocal firinneach, [mhòr
Ghrad-fhàilnichinn is gheibhinn bàs
A'm' ámhgar iomarcach.
- 93 T'iarrtuis cha dichuimhnich mi
chaoiadh;
Oir bheothaich thu mi leo.
- 94 'S leat mi, fòir orm; oir dh'íarr mi
T'áitheanta san gach lò. [fén

- 95 Bha luchd an vile gu furachar
Ga m'fheithreamh clum mo sgrios;
Ach air do theisteas firinneach
Le m' smuaintibh dearcaidh mis'.
- 96 Chunnaic mi crioch gach ni a ta
Sa' bheatha so d' a mhéud:
Ach t'aithne tha gun tombas fós
Aig farsuineachd is leud.

MEM. *Earrann 13.*

- 97 Cia ionmhuinn leam do lagh sa,
Mo smuaineach' e gach là. [Dhé!
98 Thar m'eascar thug thu gliocas
dhomh
Le d' reachd, ta leam a ghnàth.
99 Is tuigsich' mi na'n aitim ud
Thug teagastg dhomh gu léir;
Bhrigh gur ann air do theisteas
naomh
'Taim smuaineachadh gu geur.

- 100 'Taim tuigseach eagnuidh fós os
Gach seanair auns an tir. [ceann

- 84 How many are thy servant's days?
When wilt thou execute
Just judgment on these wicked men
That do me persecute?
- 85 The proud have digged pits for
me,
Which is against thy laws.
- 86 Thy words all faithful are; help
me,
Pursu'd without a cause.
- 87 They so consum'd me, that on
earth
My life they scarce did leave:
Thy precept's yet forsook I not,
But close to them did cleave.
- 88 After thy loving-kindness, Lord,
Me quicken, and preserve:
The testimony of thy mouth
So shall I still observe.
- LAMED. *The 12th Part.*
- 89 Thy word for ever is, O Lord,
Iu heaven settled fast;
- 90 Unto all generations
Thy faithfulness doth last:
The earth thou hast established,
And it abides by thee.
- 91 This day they stand as thou or-
dain'dst;
For all thy servants be.
- 92 Unless in thy most perfect law
My soul delights had found,
I should have perished when as
My troubles did abound.
- 93 Thy precepts I will ne'er forget;
They quick'ning to me brought.
- 94 Lord, I am thine; O save thou me:
Thy precepts I have sought.
- 95 For me the wicked have laid wait,
Me seeking to destroy:
But I thy testimonies true
Consider will with joy.
- 96 An end of all perfection
Here have I seen, O God:
But as for thy commandement,
It is exceeding broad.
- MEM. *The 13th Part.*
- 97 O how love I thy law! it is
My study all the day:
- 98 It makes me wiser than my
foes;
For it doth with me stay.
- 99 Than all my teachers now I
have
More understanding far;
Because my meditation
Thy testimonies are.
- 100 In understanding I excel
Those that are ancients;

Air son gun choimhdeadh leam gu
beachd
Iarrtuis do reachd gu fior.
101 Phill mi mo chos o ròd gach uilc,
Gu'n coimhdinn t'fholcal ceart.
102 Nior chlaon mi fòs o d' bheith-
Oir theagaisgeadh mileat. [eanais;
103 Le m' bhlas cia milis, O mo Dhia,
Do bhriathra ceart gu láir!
Do m' chàirean 's milse iad gu mòr
Na mil air feadh mo bhéil.
104 Tre t'àitheanta tainm faghail fòs
Tuigs' agus èòlas mhaith;
Is uime sin 's ro-fhuathach leam
Gach slighe cham air bith.

NUN. *Earrann 14.*

105 Is lòchran t'fholcal féin do m' chois,
Solus do m' cheum gu beachd.
106 Do mhionnaich mi, 's ni mi d'a-
réir:
Gu'n coimhdinn féin do reachd.
107 Tha mis' an trioblaid iomarcaich,
O Thighearna nam feart:
A réir an fhocail labhair thu,
Ath-bheothaich mi le d' neart.
108 Gabh uam gu taitneach, guidheam
Ofraill mo bhéil a nis, [ort,
A bheir mi dhuit gu toileach saor;
Stiùir mi a'd' bheitheanais.
109 Tha m'anam bochd a'm' láimh a
ghnàth:
Ach chuimhnich mi do reachd.
110 Leag droch dhaoin' romham lion;
gidheadh
Nior chlaon o t'iarritus ceart.

111 Do theisteis fhior ghabh mise féin
Mar m' oighreachd bhuan am
feasd;
Oir 's iad a bheir do m'chridhe leoínt'
Mòr-shubhachas gun cheisd.
112 Dh'aom mi mo chridhe fòs a chum
Gu deanar leam a ghnàth,
Do statuin cheart a chur an gniomh,
O so a mach gu bràth.

SAMECH. *Earrann 15.*

113 Is fuath leam smuainte diomhan-
ach;
Do d' reachd ach thug mi gràdh.
114 'S tu m' ionad-foluich, 's tu mo
A t'fholcal m' earhsa ta. [sgiat:
115 O sibhs' a chleachd bhi deanamh
Imichibh uam a nis; [uile,
Oir àitheanta mo Thighearna
Le cùram coimhdidh mis'.
116 Réir t'fhocail dean mo chumail
A chum gu mairinn beò; [suas,
'S na leig fo näire mi, fa chùis
Mo dhòchais féin gach lò.

For I endeavoured to keep
All thy commandments.
101 My feet from each ill way I stay'd,
That I may keep thy word.
102 I from thy judgments have not
swerv'd;
For thou hast taught me, Lord.
103 How sweet unto my taste, O Lord;
Are all thy words of truth!
Yea, I do find them sweeter far
Than honey to my mouth.
104 I through thy precepts, that are
pure,
Do understanding get;
I therefore ev'ry way that's false
With all my heart do hate.

NUN. *The 14th Part.*

105 Thy word is to my feet a lamp,
And to my path a light.
106 I sworn have, and I will perform,
To keep thy judgments right.
107 I am with sore affliction
Ev'n overwhelm'd, O Lord:
In mercy raise and quicken me,
According to thy word.
108 The free-will-off'rings of my mouth
Accept, I thee beseech:
And unto me thy servant, Lord,
Thy judgments clearly teach.
109 Though still my soul be in my
hand,
Thy laws I'll not forget.
110 I err'd not from them, though for
me
The wicked snares did set.
111 I of thy testimonies have
Above all things made choice,
To be my heritage for aye;
For they my heart rejoice.
112 I carefully inclined have
My heart still to attend;
That I thy statutes may perform
Alway unto the end.

SAMECH. *The 15th Part.*

113 I hate the thoughts of vanity,
But love thy law do I.
114 My shield and hiding-place thou
I on thy word rely. [art;
115 All ye that evil-doers are
From me depart away;
For the commandments of my God
I purpose to obey.
116 According to thy faithful word,
Uphold and stablish me,
That I may live, and of my hope
Ashamed never be.
117 Hold thou me up, so shall I be
In peace and safety still;

- 117 Neartaich mi, 's tearnaith mise
Sior-dhearcam air do reachd. [slán;
118 Shaltair thu air na chlaon o' d'
lagh;
Oir 's breug am feall gu beachd.
119 Mar shal droch-mhiotail tilgear
Gach daoi air thalamh ta : [uait
Is uime sin 's ro-chaomh leam fén
Teisteis do bhéil a ghnáth.
120 Do chriothnaich m'thedìl fa'n eagal
A ghabh mi romhad fén; [ud
Is ionadh mi le uamhunn fðs,
Fa d' b'hreitheanais gu léir.

AIN. *Earrann 16.*

- 121 Rinn mi breth chothromach; na fág
Fo iochd luchd m' fhòirneirt mi.
122 Air t'òglach 'n urras bi chum
maith;
Na leig luchd-buirb do m' chlaoidh,
123 Mo shùilean tha air fàilneachadh
Feitheamh do shláinte, Dhé;
'S a' feitheamh gus an coimhlionar
Deadh bhriathar ceart do bhéil.
124 Ri t'òglach buin a réir do ghráis,
Seòl dhomh do lagh gu beachd.
125 'S mi t'òglach, tabhair eòlas domh,
Gu'n tuiginn fén do reachd.
126 'S mithich dhuit gniomh a thaïs-
beanadh,
A Dhé Iehobhah thréin:
Oir sgaoileadh agus bhriseadh leò
T'aitheanta naomh' gu léir.

- 127 Fa'n aobhar ud, O Thighearna,
Gu dearbh is ionmhuinn leam
T'aitheanta fén os ceann an dir,
An òir a's fearr a t'ann.
128 Measam t'uil'-iarrtuis, uime sin,
Bhi anns gach aon ni ceart:
Is fuathach fös le m' chridhe fén
Gach slighe bhréig' gu beachd.

PE. *Earrann 17.*

- 129 Tha t'fhocal is do theisteis fén,
A Dhé, ro-iongantach;
Is uime sin ni m'anam bochd
'N coimhead gu cùramach.
130 Bheir tionnsgnadh t'fhocail solus
Ri dol a stigh 'na phàirt; [maith
Do dhaoinibh simplidh aineolach,
Do bheir e eòlas árd.
131 Gu farsuinn dh'fhsogail mi mo
A' ploschartaich gu mòr; [bheul,
Fa mheud mo thoil' do t'aitheantaibh
Bhiom muladach gu leòr.
132 Seall agus amhaire orm, a Dhia,
Dean tròcair orm gu caomh;
Mar rinneadh leat a ghnáth do'n
dream [naomh.
Le'm b'ionmhuinn t'ainm ro-

- And to thy statutes have respect
Continually I will.
118 Thou tread'st down all that love to
stray;
False their deceit doth prove.
119 Lewd men, like dross, away thou
putt'st;
Therefore thy law I love.
120 For fear of thee my very flesh
Doth tremble, all dismay'd;
And of thy righteous judgments,
My soul is much afraid. [Lord,

AIN. *The 16th Part.*

- 121 To all men I have judgment done,
Performing justice right;
Then let me not be left unto
My fierce oppressors' might.
122 For good unto thy servant, Lord,
Thy servant's surety be:
From the oppression of the proud
Do thou deliver me.
123 Mine eyes do fail with looking long
For thy salvation,
The word of thy pure righteousness
While I do wait upon.
124 In mercy with thy servant deal,
Thy laws me teach and show.
125 I am thy servant, wisdom give,
That I thy laws may know.
126 'Tis time thou work, Lord, for they
have
Made void thy law divine.
127 Therefore thy precepts more I love
Than gold, yea, gold most fine.
128 Concerning all things thy com-
mands
All right I judge therefore;
And every false and wicked way
I perfectly abhor.

PE. *The 17th Part.*

- 129 Thy statutes, Lord, are wonderful,
My soul them keeps with care.
130 The entrance of thy words gives
light,
Makes wise who simple are.
131 My mouth I have wide opened,
And panted earnestly,
While after thy commandements
I long'd exceedingly.
132 Look on me, Lord, and merciful
Do thou unto me prove,
As thou art wont to do to those
Thy name who truly love.
133 O let my footsteps in thy word
Arigh still order'd be:
Let no iniquity obtain,
Dominion over me.

140 SALM CXIX.

- 133 Peacadh ua biodh an nachdar orm;
A'd' fhocal stiùir mo cheum.
134 O fhòirneart dhaoine teasairg mi ;
Is coimhdeam t'iarrtuis séin. [tog,
135 Dealradh do ghnuis' air t'dglach
Seòl dhomh do statuin cheart.
136 Ruith srutha dheur o m' shùiliibh
Air briseadh leo do reachd. [fòs,

TSADDI. *Earrann 18.*

- 137 'S ro-chothromach thu séin, a Dhé,
'S is direach réidh do bbreath.
138 Do theisteis dh'aithn thu dbuinn,
Ro-thairis ceart grach leth. [a ta
139 Do rinn mo ghràdh is m'eud ro-
Mo chaitheadh as gu léir; [mhòr
Do bhrigh gu'n dhearmaid m'eascairde
Deadh bhriathra ceart do bhéil.
140 'S ro-fhiorghlan t'fhocal ; uime sin
'S ionmhuinn le t'òglach e.
141 Taim suarach beag, gidheadh do
reachd
Air dichuimhn' nior leig mi.
142 Do cheartas séin is ceartas e
Ta siorruidh buan gu bràth ;
Is amhluidh sin do lagh ro-cheart
'Na fhìrinne ghloin a ta.

- 143 Ghlac trioblaid mi, is ghabh orm
Teinn agus àmhgar geur; [greim
Gidheadh a ta mo thlachd gu mòr
A'd' aitheantaibh gu léir.
144 Ceartas do theisteis séin, a Dhé,
Tha siorruidh buan gun cheisd :
Deadh thuigse tabhair thusa dhomh,
Is bitheam beò am feasd.

KOPH. *Thearrann 19.*

- 145 Ghlaodh mi le m' uile chridh'; a
Dhé,
Eisd, 's coimhdhidh mi do reachd.
146 Ghlaodh mise riut, fòir orm ; 's an
sin
Coimhdeam do theist gu beachd.
147 Do thionnsgain mi roimh 'n
chamhanaich,
Is ghlaodh mi riutsa, Dhé;
Oir tha mo dhòchas bunaiteach
A'd' fhocal daingean séin.
148 Mo shùilean tha ni's furachair'
Na forair' theann na h-oidhch' ;
A chum gu bithinn smuaineachadh
Air t'fhocal fèin a chaoidh.
149 A réir do chaoimhneis thròcairich
Eisd séin ri m' ghuth a nis :
A réir do bħretheanais ro-mhòir,
Iehobhah, beothaich mis'.
150 Luchd leanmhuinn uile tha teann-
adh orm :
A ta iad fad o d' reachd.

PSALM CXIX.

- 134 From man's oppression save thou
So keep thy laws I will. [me;
135 Thy face make on thy servant shine;
Teach me thy statutes still.
136 Rivers of waters from mine eyes
Did run down, when I saw
How wicked men run on in sin,
And do not keep thy law.

TSADDI. *The 18th Part.*

- 137 O Lord, thou art most righteous ;
Thy judgments are upright.
138 Thy testimonies thou command'st
Most faithful are and right.
139 My zeal hath ev'n consumed me,
Because mine enemies
Thy holy words forgotten have,
And do thy laws despise.
140 Thy word's most pure, therefore
on it
Thy servant's love is set.
141 Small, and despis'd I am, yet I
Thy precepts not forget.
142 Thy righteousness is righteousness,
Which ever doth endure :
Thy holy law, Lord, also is .
The very truth most pure.
143 Trouble and anguish have me
And taken hold on me : [found,
Yet in my trouble my delight
Thy just commandments be.
144 Eternal righteousness is in
Thy testimonies all :
Lord, to me understanding give,
And ever live I shall.

KOPH. *The 19th Part.*

- 145 With my whole heart I cried, Lord,
bear ;
I will thy word obey.
146 I cried to thee ; save me, and I
Will keep thy laws alway.
147 I of the morning did prevent
The dawning, and did cry :
For all mine expectation
Did on thy word rely.
148 Mine eyes did timeously prevent
The watches of the night,
That in thy word with careful
mind
Then meditate I might.
149 After thy loving-kindness, hear
My voice, that calls on thee :
According to thy judgment, Lord,
Revive and quicken me.
150 Who follow mischief they draw
nigh :
They from thy law are far :

- 151 Dhé, tha thu 'm fagus: agus tha
T'uil' iarrtuis flor is ceart.
152 Fa thimchioll' fös do theisteas
naomh',
O thoiseach b'fhiosrach mi,
Gu'n d'rinneadh leat an socrachadh
A chum bhi buan gach ré.

RESH. *Earrann 20.*

- 153 Amhaire, a Dhé, air m'amhghar
Is fuasgail orm a'm'sheum; [goirt,
Fa'u aobhar nach do dhearmaid mi
An reachd a dh'áithn thu féin.
154 Tagair mo chúis, is fuasgail orm;
Rér t'fhocail eum mi bed.
155 'S fad sláint' o luchd an uile: air
Do reachd nach iarrar leo. [son
156 'S ro-lionmhór mòr do thròcair
A Thighearn is a Dhé: [chaomh,
A réir do bhreitheanais ro-cheirt
Dean beothail ealamb mi.
157 'S lionmhór luchd leanmhuinn
orm an tóir,
Is m'eascairdhe faraon;
Ach mis' o d' theisteas firinneach,
Cha deach' air seachran clao.

- 158 Chunnaic mi peacaich, chràidh
sud mi,
Do reachd oir bhriscadh leo.
159 Feuch mar is ionmuinn leam do
lagh;
A'd' chaoimhneas cum mi bed.
160 A Thighearna tha t'fhocal féin
O thoiseach daingeán fior;
Is tha do bhreitheanais air fad
Ceart agus buan gu sior.

SCHIN. *Earrann 21.*

- 161 Bha prionnsan laidir orm an tòir,
Gun aobhar no eion-fath;
Ach air mo chridh' tha eagal mòr
Roinh t'fhocal féin a ghnàth.
162 Tha aiteas orm ri t'fhocal maith,
Mar neach fluair creach gun toir.
163 'S oilteil's is fuath leam breug;
ach thug
Mi gràdh do d' lagh gu mòr.

- 164 Tha mi a' tabhairt molaidh dhuit
Seachd uairean gach aon là,
Air son do bhreitheanais gu leir
Ta ceart, a Dhé, gu bràth.
165 'S mòr sith na muinntir ud a ta
A' tabhairt gràidh do d' reachd;
Cha'n éirich tuisleadh idir dhoibh,
No oilbheum fös gu beachd.

- 166 Ri d'shlainte dh'sheith mi féin, a
Dhé;
Coimhdeam do reachd air chóir.
167 Do theisteis choimhid m'anam féin;
'S ionmuinn leam iad gu mòr.

- 151 But thou art near, Lord; most firm
truth
All thy commandments are.
152 As for thy testimonies all,
Of old this have I tried,
That thou hast surely founded them
For ever to abide.

RESH. *The 20th Part.*

- 153 Consider mine affliction,
In safety do me set:
Deliver me, O Lord, for I
Thy law do not forget.
154 After thy word revive thou me;
Save me, and plead my cause.
155 Salvation is from sinners far;
For they seek not thy laws.

- 156 O Lord, both great and mani-
fold
Thy tender mercies be:
According to thy judgments just,
Revive and quicken me.

- 157 My persecutors many are,
And foes that do combine;
Yet from thy testimonies pure
My heart doth not decline.

- 158 I saw transgressors, and was
grief'd;
For they keep not thy word.
159 See how I love thy law! as thou
Art kind, me quicken, Lord.
160 From the beginning all thy
word
Hath been most true and sure:
Thy righteous judgments ev'ry one
For evermore endure.

SCHIN. *The 21st Part.*

- 161 Princes have persecuted me,
Although no cause they saw:
But still of thy most holy word
My heart doth stand in awe.
162 I at thy word rejoice, as one
Of spoil that finds great store.
163 Thy law I love; but lying all
I hate and do abhor.
164 Sev'n times a day it is my care
To give due praise to thee;
Because of all thy judgments, Lord,
Which righteous ever be.
165 Great peace have they who love
thy law;
Offence they shall have none.
166 I hop'd for thy salvation, Lord,
And thy commands have done.
167 My soul thy testimonies pure
Observed carefully;
On them my heart is set, and them
I love exceedingly.

168 Do theisteis agus t'aitheanta,
Do choimhdeadh leam a ghnàth ;
Oir tha mo shligheanna gu léir
Fa d' chomhair fèin gach là.

TAU. *Earrann 22.*

- 169 Thigeadh mo ghlaodh am fagus
A'd' fhianuis fèin, a Dhé : [duit,
Is fòs réir t'fhocail fhìrinnich
Dean tuigseach eòlach mi.
- 170 A'd' làthair thigeadh m' ath-
Rér t'fhocail ormsa fòir [chuinge;
- 171 Air teagast dhuit do statuin
dhomh,
Mo bheul bheir dhuitse glòir.

172 Labhraidh mo theang' air t'fhocal
Oir tha t'uil' iarrtuis ceart. [fior ;
173 Deanadh do làmh-sa còmhnaadh
leam ;
Oir ròghnaich mi do reachd.

174 A' feitheamh air do shláinte, Dhé,
Bhiom fèin gu tuirseach trom ;
Is mar an ceudna tha do reachd
Ro-thlachdmhor ciatach leam.

175 Deònuich do m'anam bochd bhi
Is dbuitse bheir e glòir : [bed,
Is deanadh do cheart-bhreitheanais
Deadh chòmhnaadh dhomh le fòir.

176 Do chaidh mi fèin air seacharan
Mar chaoraich chaillich thruaigh :
Iarr t'òglach, oir cha d' leig do d'
reachd
Dol as mo chuimhne uam.

SALM CXX.—120.

1 A'M' éigin ghlaodh mi suas ri Dia,
Is dh' éisd e rium gach ré.

2 O'n teangaiddh chealgaich, m'anam
saor ;
'S o bheul nam breug, a Dhé.

3 Ciad bheirear dhuit, no nithear ort,
A theangadh làn do ghò ?

4 Mar shaighdibh laoich, 's iad geur.
Mar eibhlisbh aiteil beò. [aichte,

5 Mo thruaigh mi, gu bheil mo chuairt
Am Mesech ; is mo thàmh
Am bùthaibh Chedair choigrich
Gu muladach gun dàiml! [bhuirb,

6 Rinn m'anam còmhnuidh fhada
bhuan
Le neach thug fuath do shith.
7 Gu cogadh tha iad togarach ;
Air sith 'n tràth labhras mi.

SALM CXXI.—121.

- 1 Mo shùile togam suas a chum
Nam beann, o'n tig mo neart.
2 O'n Dia rinn talamh agus nèamh,
Tha m'fhurtachd uile teachd.
3 Cha leig do d' chois air choir air bith
Gu'n sleamhnuich i gu bràth ;

168 Thy testimonies and thy laws
I kept with special care ;
For all thy works and ways each one
Before thee open are.

TAU. *The 22d Part.*

- 169 O let my earnest pray'r and cry
Come near before thee, Lord :
Give understanding unto me,
According to thy word.
- 170 Let my request before thee come :
After thy word me free.
- 171 My lips shall utter praise, when
thou
Hast taught thy laws to me.

172 My tongue of thy most blessed
word
Shall speak, and it confess ;
Because all thy commandments
Are perfect righteousness.

173 Let thy strong hand make help to
me :
Thy precepts are my choice.

174 I long'd for thy salvation, Lord,
And in thy law rejoice.

175 O let my soul live, and it shall
Give praises unto thee ;
And let thy judgments gracious
Be helpful unto me.

176 I, like a lost sheep, went astray ;
Thy servant seek, and find :
For thy commands I suffer'd not
To slip out of my mind.

PSALM CXX.—120.

1 IN my distress to God I cried,
And he gave ear to me.

2 From lying lips, and guileful tongue
O Lord, my soul set free.

3 What shall be given thee ? or what
shall
Be done to thee, false tongue ?

4 Ev'n burning coals of juniper,
Sharp arrows of the strong.

5 Woe's me that I in Mesech am
A sojourner so long :
That I in tabernacles dwell
To Kedar that belong.

6 My soul with him that hateth
peace
Hath long a dweller been.

7 I am for peace ; but when I speak,
For battle they are keen.

PSALM CXXI.—121.

- 1 I TO the hills will lift mine eyes,
From whence doth come mine aid.
2 My safety cometh from the Lord,
Who heav'n and earth hath made.
3 Thy foot he'll not let slide, nor will
He slumber that thee keeps.

SALM CXXII. CXXIII.

- Tàmh-neul cha tig sin air an neach
'S fear-coimhid ort a ghnàth.
4 Feuch, air fear-coimhid Israeil,
Codal cha'n aom no suain :
5 'Se Dia t'fhear-coimhid ; 'se do sgàil
Air do làimh dheis gu buan.
6 A' ghrian cha bhual i thu san là,
No ghealach fòs san oidhch'.
7 Ni Dia do choimhead o gach ole ;
Ni t'anam dhion a chaoidh.
8 Do dhol a mach, 's do theachd a
Coimhididh Dia a ghnàth; [steach,
O'n aimsir so a nis a t'ann,
'S o sin a mach gu bràth.

SALM CXXII.—122.

- 1 BHA aoibhneas orm tràth thubhairt
Gu tigh Dhá théid sinn snas. [iad,
2 A'd' dhorsaibh, O Ierusalem,
Ar cosa seasaibh fòs.
3 Ierusalem mar chaithir i,
Thogadh gu dileas dlùth ;
4 D'an teid na treubhan soas gu léir,
'S iad treubhan Dhé nan dùl :
Gu teistea Israel, a chum
Ainm Dhé gu moladh iad.
5 Oir caithrichean chum breth tha'n
'S le teaghlaich Dhaibhidh iad. [sin;
6 Sior-ghuidhibh do Ierusalem
Sith-shàimh is sonas mòr :
A' mhuinnitir sin le'n ionnmuinn thu
Soirbhichidh iad gu leòr.
7 An taobh a stigh do d' bhallachaibh,
Biodh sith is sonas maith ;
Deadh shoirbheas fòs gu robh gu
A'd' lùchaint àird a stigh. [bràth
8 Air sgàth mo blàrrathrean 's luchd
mo ghaoil,
Dhuit guidheam sith a ghnàth.
9 Air sgàth tigh naomh ar Tighearn
Iarram do leas gu bràth. [Dia,

SALM CXXIII.—123.

- 1 Mo shùile togam riutsa ta [speur.
'N còmhnuidh air nèamh nan
2 Feuch, mar tha sùil nan seirbhiseach
Air làimh a'm maighstir féin,
'S mar shùile banoglaich air làimh
A ban-tighearn taraon,
Feithidh ar sùil air Dia, gus 'n dean
E tràcair oirnn gu caoin.
3 Dean tràcair oirnn, Iehobhah Dhia,
Dean tràcair oirnn gu luath :
Oir tha sinn air ar lionadh làn
Do tharcuis is do fhuath.
4 Le fanoid luchd na seasgaireachd,
Lionadh ar n-anam bochd ;
'S le spid na muinntir ud a ta
Làn àrdain is an-iochd.

PSALM CXXII. CXXIII. 143

- 4 Behold, he that keeps Israel,
He slumbers not nor sleeps.
5 The Lord thee keeps, the Lord thy
shade
On thy right hand doth stay :
6 The moon by night thee shall not
smite,
Nor yet the sun by day.
7 The Lord shall keep thy soul ; he
shall
Preserve thee from all ill.
8 Henceforth thy going out and in
God keep for ever will.

PSALM CXXII.—122.

- 1 I JOY'D when to the house of God,
Go up, they said to me.
2 Jerusalem, within thy gates
Our feet shall standing be.
3 Jerus'lem, as a city, is
Compactly built together :
4 Unto that place the tribes go up,
The tribes of God go thither :
To Isr'el's testimony, there
To God's name thanks to pay.
5 For thrones of judgment, ev'n the
thrones
Of David's house, there stay.
6 Pray that Jerusalem may have
Peace and felicity :
Let them that love thee and thy
Have still prosperity. [peace
7 Therefore I wish that peace may still
Within thy walls remain,
And ever may thy palaces
Prosperity retain.
8 Now, for my friends' and brethren's
Peace be in thee, I'll say. [sakes,
9 And for the house of God, our Lord,
I'll seek thy good alway.

PSALM CXXIII.—123.

- 1 O THOU that dwellest in the heav'ns,
I lift mine eyes to thee.
2 Behold, as servants' eyes do look
Their masters' hand to see,
As handmaid's eyes her mistress'
So do our eyes attend [hand,
Upon the Lord our God, until
To us he mercy send.
3 O Lord, be gracious to us,
Unto us gracious be ;
Because replenish'd with contempt
Exceedingly are we.
4 Our soul is fill'd with scorn of those
That at their ease abide,
And with the insolent contempt
Of those that swell in pride.

- 1 NIS abradh Israel gu fior,
 Mur biadh Iehobhah leinn :
- 2 Mur biadh Iehobhah as ar leth,
 Tráth dh'éirich daoine ruinn ;
- 3 'N sin dheantadh leo ar slugadbh bed, [as
 'N tráth las an corruiach ruinn.
- 4 Is ruitheadh tharuin tuilte bras,
 Sruth làidir thar ar ceann.
- 5 'N sin rachadh thar ar n-anam
 bochd,
 Na tuiltean árd' gu léir.
- 6 Moiadh do Dhia, nach d' thug e
 sinn
 Mar chreich d'am fiaclaibh geur'.
- 7 Mar eun á lion an euadair,
 Ar n-anam truagh chaidh as :
 Bhriseadh an lion is sgaoileadh e,
 Is shaoradh sinn gu cas.
- 8 Ar còmhnaidh ta 's ar cuideachadh
 An ainm Iehobhah thrcin :
 An neach a rinn an talamh fós
 'Sa chruthaich nèamh nan speur.

SALM CXXV.—125.

- 1 THA 'N dream ni dochas ann an Dia
 Mar shliabh Shioin a ghnáth,
 Nach feudar fós a charuchadh,
 Ach mhaireas ann gu bràth.
- 2 Ceart inar a ta na beannta tric
 Timchioll Jerusaleim,
 Tha Dia mar sin, o nis gu sior,
 Timchioll a phobuill iéin.
- 3 Oir slat luchd-vile cha ghabh i tàmh
 Air chraann nan daoine coir ;
 Eagal gu'n sin na fireanaich
 An lámh gu peacadh mòr.
- 4 An aitim nd tha maith, a Dhé,
 Do mhaiteas pàirtich leòd ;
 Is leis an dream tha tréibh dhireach
 'S 'nan cridhe ta gun ghò.
- 4 Ach iadsan uile théid a thaobh
 D'an slighibh claoon le chéil',
 Iomainidh Dia le luchd an uile.
 'S bidh sith air Israel.

SALM CXXVI.—126.

- 1 'N TRATH thug Iehobhah air a h-ais
 Broid Shioin, b' ionnau sinn
 Is daoine chunnaiac aisling mhòr,
 'S a mhosgail as an suain :
- 2 Lionadh ar beul le gair an sin,
 'S ar teangadh fós le ceòl : [iad,
 Am measg nan cinneach thubhaint
 Rinn Dia dhoibh bearta mòr'.
- 3 Rinn Dia mòr-bhearta air ar son,
 Chuir oirnne gairdeachas.
- 4 Iehobhah, pill ar broid a ris,
 Mar shruth san àirdé deas.
- 5 Iadsan a chuir gu deurach siol,
 Gu subhach ni iad buain.

PSALM CXXIV.

- 1 HAD not the Lord been on our side,
 May Israel now say ;
- 2 Had not the Lord been on our side,
 When men rose us to slay ; [as
- 3 They had us swallow'd quick, when
 Their wrath 'gainst us did flame :
- 4 Waters had cover'd us, our soul
 Had sunk beneath the stream.
- 5 Then had the waters, swelling high,
 Over our soul made way.
- 6 Bless'd be the Lord, who to their
 Us gave not for a prey. [teeth
- 7 Our soul's escaped, as a bird
 Out of the fowler's snare ;
 The snare asunder broken is,
 And we escaped are.
- 8 Our sure and all-sufficient help
 Is in Jehovah's name ;
 His name who did the heav'n create,
 And who the earth did frame.
(Second Version, see page 168.)

PSALM CXXV.—125.

- 1 THEY in the Lord that firmly trust
 Shall be like Sion hill,
 Which at no time can be remov'd,
 But standeth ever still.
- 2 As round about Jerusalem
 The mountains stand alway,
 The Lord his folk doth compass so,
 From henceforth and for aye.
- 3 For ill men's rod upon the lot
 Of just men shall not lie ;
 Lest righteous men stretch forth
 Unto iniquity. [their hands
- 4 Do thou to all those that be good
 Thy goodness, Lord, impart ;
 And do thou good to those that are
 Upright within their heart.
- 5 But as for such as turn aside
 After their crooked way,
 God shall lead forth with wicked
 On Isr'el peace shall stay. [men :

PSALM CXXVI.—126.

- 1 WHEN Sion's bondage God turn'd
 back,
 As men that dream'd were we :
- 2 Then fill'd with laughter was our
 mouth,
 Our tongue with melody.
 They 'mong the heathen said, The
 Lord
 Great things for them hath
 wrought. [us,
- 3 The Lord hath done great things for
 Whence joy to us is brought.
- 4 As streams of water in the south,
 Our bondage, Lord, recall.

SALM CXXVII—CXXIX.

6 An neach gu cur a théid a mach
Le sjol so-phriseil caoin,
Air blith dha gul gu muladach,
'G a iomchar sud gu lonn,
Le h-aiteas pillidh e gu dearbh,
A' giulan sguaba trom'.

SALM CXXVII.—127.

- 1 MUR tog lehobhah fén an tigh,
Luchd-togail tha iad faoin;
Mur gléidh lehobhah 'm baile fós,
Luchd-faire chaill an saoth'r.
- 2 Dhuibh 's diomhain bhi ri moch-eirigh,
San oidhch' ri caithris bhuan,
Bhi 'g itheadh arainu brón; mar sin
D'a sheircin bheir e suain.
- 3 'Se Dia bheir toradh bronn mar
duhais;
Mar oighreachd bheir e clann.
- 4 Bidh mic na h-oig' mar shaighdibh
geur',
'N láimh ghaisgich thréin gach àm.
- 5 Is sona 'm tear 'gam bi dhiubh sud
A ghlac 's a dhorlaich lán;
Gun rughadh labhraidih iad sa' gheat',
R' an naimhdibh ole gu dán.

SALM CXXVIII.—128.

- 1 'S BEANNAICHT' gach aon neach
air am bheil
Eagal lehobhah mhóir;
Is ann an slighibh fiorghlan Dé
Stiureas a cheum air choir.
- 2 Oir toradh gníombh do lámha fén,
Ithiòh tu e gu h-ait:
Beannaichear thu gu mór mar sin,
'S bidh sonas ort gu paitl.
- 3 Mar fhionain tharbhaich bidh do
bhean
'N taobh stigh do t'fhàrdaich fén;
Do chlann mar èg croinn-olaith úir
Timchioll do bhuidh gu lèir.
- 4 Feuch, 's amhluidh sin a bheannan
An neach d'an eagal Dia. [aichear
- 5 A Sion gheibh thu beannachadh,
Is sonas paitl o'n Triath;
Is chi thu maith Ierusalaim
